Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

An Ionad Chèilidh, Ulapul

Dihaoine 24 Sultain 2010 @ 2.00f



Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith air a cumail anns an Ionad Chèilidh, Ulapul bho 2.00f Dihaoine 24mh Sultain 2010

Clàr Chùisean

3.2010.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair	
(b) Leisgeulan	
(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d) Cùisean a' togail ceann	
(e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidheann Ghnìomh	Airson Fiosrachaidh

3.2010.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a-rèir Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b) Blas 2010 agus 2011	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(c) Sgeama Bursaraidhean Ciùil	Airson Fiosrachaidh
(d) Cèilidhean Naoimh Anndra	Airson Fiosrachaidh
(e) Taisbeanadh air Obair Dhràma: Aonghas MacLeòid	Airson Deasbaid agus Aontachaidh

3.2010.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Aithisg Ionmhais	Airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh
(b) Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Airson Fiosrachaidh
(c) Cunntasan Ràitheil gu 30 Ògmhios 2010	Airson Fiosrachaidh
(d) Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2010	Airson Aontachaidh
(e) Aithisg InG air buaidh eaconomach nam Fèisean	Airson Fiosrachaidh

3.2010.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Rannsachadh mu Phoileasaidh Gàidhlig	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

3.2010.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Luchd-Obrach	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b) Pròram na Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt	Airson Fiosrachaidh
(c) Iarrtas Ballrachd	Airson Aontachaidh

3.2010.06 EILE

(a) Ceann-latha na h-ath choinneamh	Airson Fiosrachaidh
(b) Coinneamh den Bhuidheann Ghnìomh	Pàipearan tro phost-d a-mhàin

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail san Taigh-òsta Alexandra, An Gearasdan, bho 2f air Diardaoin 27 An Cèitean 2010

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2010.01(c)

2.2010.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche), Mairead Chamshron, Derek MacIllInnein, Bernard Bell, Fiona NicIain, Katag NicNèill, An Comhairliche Agnes Rennie (CnES), Art MacCarmaig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anna Willoughby (an làthair), Moreen Pringle (an làthair), Aonghas MacLeòid (ag eadar-theangachadh)

(b) Leisgeulan

Claire Bee, Màiri Oakley, Seònaid NicDhòmhnaill, Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd), Ian Mac a' Ghobhainn (Comhairle Ealain na h-Alba)

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 18 An Gearran 2010 a sgaoileadh. Mhol Fiona NicIain gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh. Chaidh seo aontachadh leis a' Bhòrd agus Bernard Bell a' cur a taic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Cha robh gin a chùisean a thog ceann.

(e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidheann Riaghlaidh

Chaidh geàrr-chunntas na coinneimh a chaidh a chumail air a' fòn air 6 An Cèitean 2010 a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

(f) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de dh'Fhèis Bhlais Earranta

Chaidh geàrr-chunntas na coinneimh a chaidh a chumail air 29 An Giblean 2010 a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

2.2010.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Pròram Obrach Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, gu ruige seo, air cur an gnìomh Pròram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Dh'aontaich na Buill gu robh seo feumail dhaibh, oir bha e a' sealltainn dhaibh mar a bha obair na buidhne a' dol air adhart, agus dè an t-adhartas a bha air a bhith ann le cuid a phròiseactan.

A thaobh 1.2, dh'fhaighnich An Comhairliche Rennie, an robh gin a dh'oileanaich gu bhith ag obair aig a' bhuidhinn thairis air an t-samhradh tron Sgeama Greis Gnìomhachais. Thuirt Calum Ailig Mac a' Mhaoilein gum bitheamaid a' fastadh Claire Ghòrdon ann an Earra-Ghàidheal agus Jenny Forbes ann an Inbhir Nis. Bhiodh CnaG a' toirt £1,000 dhuinn mu choinneimh gach greis gnìomhachais.

(b) Fèis Bhlais 2010

Chaidh lethbhreac de Leabhran Fèis Bhlais a sgaoileadh an lùib pàipearan na coinneimh, thèid an fhèis a chumail eadar 3-12 An t-Sultain. Chaidh an leabhran fhoillseachadh gu h-oifigeil, agus bhathar a' tòiseachadh a' reic thiogaidean airson na fèise.

Faodaidh buill iarraidh air Fèisean nan Gàidheal suas ri £50 pàigheadh air ais dhaibh airson

tiogaidean a cheannaicheas iad airson Blas, agus faodaidh iad cosgaisean siubhail reusanta iarraidh gus dol gu tachartasan aig Blas.

Bha còmhraidhean fhathast gan cumail le Comhairle na Gàidhealtachd mu dè bha an dàn do Bhlas. Thathar an dùil coinneamh a chumail aig deireadh an Ògmhios far an tigear gu co-dhùnadh mu dè tha a' dol a thachairt, bithear a' faighneachd: an gabh an fhèis a chumail an ath bhliadhna ma tha gearraidhean mòra gu bhith sa bhuidseat?

(c) Sgeama nan Tabhartasan Ciùil

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh ag innse do Bhuill mun adhartas a thaobh Sgeama nan Tabhartasan Ciùil, a tha sinn a' lìbhrigeadh fo chùmhnant airson Comhairle na Gàidhealtachd. Tha e na amas don Sgeama gum faigh luchd-ciùil is daoine a tha ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil barrachd obair, agus gun dèan e sanasachd air gach seòrsa ciùil a th' againn air a' Ghàidhealtachd.

Chaidh sanasan a sgaoileadh mun Sgeama agus bha Iona NicDhòmhnaill, ar n-Oifigear Trèanaidh is Poileasaidh, a' dèiligeadh ri iarrtasan air a shon. B' e an ceann-latha airson a' chiad chuairt de dh'iarrtasan Diluain 31 An Cèitean, agus thigear gu co-dhùnadh mu na tabhartasan leis an latha 25 An t-Ògmhios. Bhiodh cothrom eile air tabhartasan san Lùnastal/Sultain.

Bidh na h-iarrtasan a' dol mu choinneimh pannal, air a bheil Art MacCarmaig, Iain Hamilton bho HIE, riochdaire bho goEVENTS agus neach-amhairc neo-eisimeileach, airson aonta.

Faodar tabhartasan suas ri luach £5,000 a thoirt seachad, agus feumar an cosg le luchd-ciùil bhon Ghàidhealtachd agus/no ann an sgìre Roinn na Gàidhealtachd.

Thug Buill a' Bhùird fa-near do riaghailtean an Sgeama, agus dh'aontaich iad gur e fìor dheagh phròiseact a bh' ann.

(d) Taisbeanadh air Leasachaidhean Ùra

Rinn Art MacCarmaig taisbeanadh air a' Phlana Leasachaidh ùr airson Buill a' Bhùird, agus chaidh còmhradh a chumail mu ciamar a bhathar a' dol a chur an gnìomh nam pròiseactan, nam measg tha Cuirmean Taisbeanaidh Nàiseanta & Eadar-nàiseanta, A' Sgrìobhadh Òrain Ùra Ghàidhlig, A' Sgrìobhadh Sgriobtaichean Ùra Gàidhlig agus Fèisean Teaghlaich.

Bhathar a' dol a sgaoileadh PDF den taisbeanadh do gach ball den Bhòrd às dèidh na coinneimh, bhiodh sin gu sònraichte feumail do na buill nach robh an làthair, agus thugadh fa-near do mar a tha am Plana Leasachaidh a-nis air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal.

3.2010.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Aithisgean Ionmhasail

Chaidh aithisg a dheasaich am Manaidsear Gnìomha, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a' sealltainn an teachd-a-steach agus na cosgaisean aig Fèisean nan Gàidheal suas gu 31 am Màrt 2010, a thuilleadh air aithisg leis na suimeannan a fhuaras agus a chaidh a chosg suas gu 30 an Giblean 2010 agus liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean airson 2010-11, a bha cuideachd a' sealltainn nan suimeannan a chaidh a phàigheadh do dh'Fhèisean aig 30 An Giblean 2010.

Thug Buill a' Bhùird fa-near do na h-aithisgean.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil: £5,233.98
- Cunntas Àrd-rèidh: £88,802.76
- Cunntas Bhlais: £2,043.00

(c) **Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 31 am Màrt 2010**
Chaidh Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 31 am Màrt 2010, a dheasaich Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

Bhiodh neach-obrach bho Mann Judd Gordon a' dèanamh Sgrùdadh air na cunntasan tràth san Ògmhios, agus bhathar an dòchas gum biodh na Cunntasan Deireannach airson 2009-10 deiseil ro dheireadh an Ògmhios.

(d) **Cothrom For-tharraing le Banca Dhail Chluaidh Plc**
Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh agus i a' sireadh aonta a' Bhùird gun gabhadh iad ri tairgse bho Bhanca Dhail Chluaidh Plc airson Cothrom For-tharraing.

Às dèidh beachdachadh gu faiceallach agus gu cùramach air riaghailtean na Litreach agus gach cùis eile a bha iomchaidh, **CHAIDH AONTACHADH**:

1. gun cumadh an Companaidh air a' cur feum air na Cothroman uile a rèir nan riaghailtean is cùmhnantan a tha ainmichte san Litir Chothroman, a chaidh atharrachadh san Litir, agus seo gu buannachd a' Chompanaidh, agus chun na buannachd choimeirsealta as motha, agus e a' leantainn air le obair, agus gun gabhar ri agus gun aontaichear ri riaghailtean agus cùmhnantan na Litreach;
   agus

2. gun deigheadh an Litir a làimhseachadh às leth a' Chompanaidh leis an Stiùiriche agus Rùnaire a' Chompanaidh ainmichte gu h-ìosal, agus tha cead aig duine sam bith aca (agus iad nan Stiùirichean) an làmh a chur ri na leanas às leth a' Chompanaidh: sgrìobhainnean eile, aontaidhean, teisteanasan, fiosan, brathan-conaltraidh no dearbhaidhean, nam measg atharraichean, eadar-dhealachaidhean, ùrachaidhean is leudachaidhean, a dh'fheumar a dhèanamh 's dòcha an lùib nan Cothroman, na Litreach Chothroman no na Litreach.

Dhèilig Fiona NicIain (Rùnaire a' Chompanaidh) agus Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche) ris an sgrìobhainn às leth a' Bhùird.

(e) **Measadh Buaidhe Eaconamach HIE**
Chaidh dreachd de Mheasadh Buaidhe Eaconamach nam Fèisean agus Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh air a' phost-dealain, measadh a bharantaich HIE.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don dreachd agus bha iad a' coimhead air adhart ris an dreachd dheireannach fhaicinn ann an ùine nach bi fada.

2.2010.04 **CÙISEAN POILEASAIDH**

(a) **Taisbeanadh air rannsachadh co-cheangailte ris a' Phoileasaidh Ghàidhlig agus mar a thathar a' cur a' phoileasaidh an gnìomh**
Rinn Calum Ailig Mac a' Mhaoilein taisbeanadh air a' Phoileasaidh Ghàidhlig ùr.

Mar phàirt den phoileasaidh thathar an dùil gum bi beagan Gàidhlig co-dhiù aig an luchd-teagaisg. Mar sin, tha Fèisean nan Gàidheal a' dol a dhèanamh suirbhidh air an luchd-teagaisg a th' ann an-dràsta gus faighinn a-mach dè na comasan Gàidhlig a th' aca agus gus an urrainnear trèanadh is taic iomchaidh a thoirt dhaibh an uair sin.

Chaidh dreachd den Cheisteachan do Luchd-teagaisg nam Fèisean mu na Comasan Gàidhlig aca a sgaoileadh. Bhathar an dùil gum biodh seo ri fhaotainn air-loidhne tro Survey Monkey, agus dheigheadh a chur gu gach neach-teagaisg ainmichte san Stòr-dàta aig Fèisean nan Gàidheal air a' phost-dealain

Aon uair 's bheil sinn air na ceisteachan fhaighinn air ais, cuiridh sinn Planaichean Pearsanta

air chois do gach neach-teagaisg gus am faigh iad trèanadh, cuideachadh iomchaidh, msaa.

2.2010.05 LUCHD-OBRACH

(a) Atharraichean air an Sgioba

Thuirt Art MacCarmaig gun robh ar n-Oifigear Tasglainn & Phròiseactan Sònraichte, Emily Edwards, a' fàgail Fèisean nan Gàidheal agus i gu bhith na h-Oifigear Conaltraidh Gàidhlig aig Dualchas Nàdair na h-Alba. Tha sinn gu math duilich gu bheil i a' fàgail, ach 's e cothrom air leth dhi fhèin a th' anns an dreuchd ùir seo, agus tha sinn a' guidhe gach soirbheachadh dhi.

Tha sinn an-dràsta a' cur a-steach do Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir airson airgead gus tuilleadh obrach a dhèanamh an lùib ar Pròiseact Tasglainn, agus bidh sinn a' feitheamh ris a' cho-dhùnadh aca mus beachdaich sinn air co-dhiù a bheil no nach eil sinn a' dol a dh'fhastadh cuideigin eile airson dreuchd Emily.

Tha Brian Ó hEadhra cuideachd air a dhreuchd fhàgail, mar Stiùiriche Ealain Fèis Bhlais, agus e a-nis ann an dreuchd ùr aig Bòrd na Gàidhlig. Cha bu chòir gun toir seo buaidh air fèis na bliadhna-sa, oir tha Brian air tòrr den obair a bha dhìth a dhèanamh mus do dh'fhàg e.

2.2010.06 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh Aithisgean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh. Thug an Cathraiche taing don luchd-obrach airson na h-obrach a tha iad a' dèanamh.

Thug Aonghas MacLeòid seachad fiosrachadh mun Phròiseact Dràma airson Rèidio air a bheil e ag obair an-dràsta còmhla ri sgoiltean.

(b) A' Choinneamh Bhliadhnail & Co-labhairt 2010

Thèid a' Choinneamh Bhliadhnail & a' Cho-labhairt a chumail air 24/25 an t-Sultain.

Thuirt Anna Willoughby gun do bhruidhinn sinn, às dèidh na coinneimh mu dheireadh, ri taighean-òsta ann am Muile, san Òban, Ulapul, Inbhir Narann agus sa Ghearasdan feuch am b' urrainn dhuinn na tachartasan a chumail annta, ach bha a' mhòr-chuid gu bhith ro thrang le tachartasan eile aig an àm.

B' e an Cèilidh Place ann an Ulapul an aon àite a thuirt rinn gum b' urrainn dhaibh a' Choinneamh Bhliadhnail a chumail. Chan eil mòran sheòmraichean-fuirich aca fhèin, ach tha tòrr thaighean-òsta is thaighean-aoigheachd faisg orra aig a bheil seòmraichean air an deireadh-seachdain sin.

Chaidh aontachadh gun cumadh a' Choinneamh Bhliadhnail/Co-labhairt sa Chèilidh Place. Bhathar a' dol a dh'iarraidh air Jean Urchardan is Anndra Dixon òraidean a thoirt seachad aig a' cho-labhairt.

Chaidh aontachadh gun toirear cuireadh do chomataidhean nam Fèisean ionadail, Fèis Air an Oir, Fèis Chataibh agus Fèis Rois, agus gun toirear cothrom do dh'Fhèis Rois ceòl is cleasachd a chur air dòigh airson an tachartais.

2.2010.07 EILE

(a) Ceann-latha na h-Ath Choinneimh

Thèid an ath choinneamh a chumail san t-Sultain aig an aon àm a bha a' Choinneamh Bhliadhnail/Co-labhairt gan cumail.

(b) Coinneamh Buidheann Riaghlaidh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh pàipearan a sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird air a' phost-d.

(c) Thuirt Art MacCarmaig gun do phòs Nicola Marshall agus gun do phòs Jenna Chuimeineach bhon a chumadh a' choinneimh mu dheireadh. Agus tha Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a' dol a phòsadh san Dàmhair.

Fèisean nan Gàidheal

Minutes of the meeting of the Executive Group held on Thursday 2 September 2010 from 10.00am via telephone conference

Àireamh a' Chlàr Chùisean: 3.2010.01(e)

EX3.2010.01 PRELIMINARIES

(a) Present

Catriona MacIntyre (Fèis Lochabair, Chair), Maggie Cameron (Fèis an Earraich, Vice-Chair), Calum Alex MacMillan (Fèisean nan Gàidheal Development Manager), Arthur Cormack (Fèisean nan Gàidheal Chief Executive), Anne Willoughby (Fèisean nan Gàidheal Executive Manager), Ian Smith (Scottish Arts Council).

(b) Apologies

Morag Anna MacLeod (The Highland Council), Fiona Johnston (Fèis Fhoirt, Secretary/Treasurer), Ann Marie Reid (Highlands & Islands Enterprise)

(c) Minutes of previous Executive Group meeting for approval

Minutes of the meeting held on 06 May 2010 had been circulated and approved.

(d) Matters arising

There were no matters arising.

EX3.2010.02 PROJECT UPDATES

(a) YMI in Highland (verbal - Arthur)

The YMI contract for Highland was up and running again as the new school session resumed with focus on P.5 this time round.

Rae MacEachern held a training day for tutors and providers on the 19 August in Strathpeffer to discuss issues affecting their delivery of the programme and to view two new resources available. Hugh Marwick and Heather Forbes were working on a bilingual whistle resource for use in the classroom. Lillian Ross produced a very attractive songbook Yokie Tonsils which has been distributed in Ross-shire schools.

This funding is ring-fenced and should be fairly safe until the next spending review by Creative Scotland.

(b) Blas Festival 2010 (circulated – Arthur)

Tickets for Blas Festival were slower than last year but much the same as for previous years. Two venues were sold out despite ticketing problems with The Booth and tickets would be available at the door for most venues. A lot of advertising had been done in the last weeks and also on the website and Arthur was confident that budget targets would be close to being met.

(c) Blas Festival 2011 (verbal – Arthur)

Arthur reported that although planning is going ahead for a Blas Festival 2011 there was no doubt that a 30% cut in Highland Council funding would make it difficult to run a festival next year without cutting back on the number of events and quality of acts.

A letter from Hugh Fraser also called into question the ability to run the festival next year as the Council were not prepared to 'underwrite' any loss we might sustain. Fèisean nan Gàidheal's finances cannot be put at risk to run the festival as Blas Festival is a contract which we run for Highland Council.

The Board of Blas Festival Ltd will meet straight after Blas Festival 2010 and Arthur will report back to the next Board Meeting where he felt a decision will have to be made on the viability of Blas Festival 2011.

(d) Sgoil Shamhraidh Dhràma 2010 (verbal – Calum Alex)

Calum Alex reported that there had been 17 participants this year of which half were returning from last year. All tutors were Gaelic speakers therefore all classes were in Gaelic apart from Frank McConnell's class. He had

also made a good effort and Calum Munro was helping participants with Gaelic language skills this year, too.

Numbers were low for the final concert and this needs to be looked at more closely for next year. There may be an opportunity for local drama groups to be involved.

(e) Highland Council Bursaries Scheme (circulated – Arthur)
This was additional funding the Highland Council had received from Creative Scotland to put together a programme under the title of Highland Arts Programme. The contract is worth £75K and Fèisean nan Gàidheal receives a management fee of £7.5K for its co-ordination of the programme.

A meeting had been held to consider the second round of funding and this had resulted in most of the money being spent on good projects. The deadline for the first round was tight but as a result of more time to advertise the applications to the second round had been of very good quality. A list of all successful applicants will be included in the Board papers.

(f) Cèilidh Trails 2010 (verbal – Calum Alex)
Calum Alex reported that Nicola Marshall had been taking the lead on this and was progressing well. There were expectations from the Fèisean that they were going to receive increased funding this year but there were potential difficulties for Fèisean nan Gàidheal and the LEADER-funded project. Anne & Nicola had met with Nicole Wallace and LEADER funding was now in place with conditions for the next three years.

Clare Jordan and Jenny Forbes had both been employed as coordinators through the CnaG Graduate Placement Scheme.

Fèis Alba was successful and all the Cèilidh Trail groups, apart from Argyll, would be performing at Blas concerts.

(g) Radio Drama (verbal – Calum Alex)
Dougie & Angus had worked with schools on a radio drama project with help from the Aileag team. Plays were put together, recorded and broadcast on BBC Radio nan Gàidheal. Both were happy with the results and after taking part in staff website training, Angus was busy creating an additional page for podcasts.

Catriona mentioned that this would be a good resource and schools might be encouraged to use them. It would be good to get the written scripts on the website as downloads, including the scripts for the drama festival which were held in Acharacle in June.

(h) Òigridh Uidhist (verbal – Calum Alex)
Jenna Cumming was working with the CnaG and CnES officers to set up a Western Isles Steering Group. They had received funding from Bòrd na Gàidhlig for a week-long event consisting of street dance and traditional music.

Calum Alex mentioned that he would report back on this at the Board meeting as the Group were meeting that day.

(i) Possible St Andrew's Weekend Cèilidhs (verbal – Arthur)
There was an opportunity for the 6 Cèilidh Trails to be involved in 5 community Cèilidhs, with Argyll & Lochaber perhaps performing together. More information on this to be available at a later date.

EX3.2010.03 FINANCIAL ISSUES
(a) Financial Report (circulated - Anne)
A report from the Executive Manager had been circulated.

There were no concerns over the overall financial position due to a substantial amount of money coming in August including Highland Council funding of £52,500 for Blas Festival and £219,511 for YMI. However, there would be a substantial amount of expenditure over the coming month due to Blas Festival and the financial position would be reviewed at the end of the month.

(b) Bank Balances and up to date information (verbal - Anne)
The current bank balances were given as follows:
- £8,523.49 in the Current account
- £252,046.59 in the High Interest account
- £548.21 in the Blas account

(c) Grants to Fèisean 2010-11 (verbal - Anne)
First payments had been sent out to all Fèisean entitled to them and development officers were aware of the general need to raise additional funding for Fèisean where there were shortfalls. The deadline for claims for Classes and Main Fèis is now 31 March 2011 for both. Most Fèisean seemed happy enough with this.

(d) Draft Audited Accounts 31.03.10 (verbal - Anne)
Anne reported that Andy Cumming of Mann Judd Gordon had prepared draft management accounts for the last quarter to 31 March 2010 and there were a few concerns which had been resolved. The Report of Trustees detail in accounts still had to be completed.

(e) Bòrd na Gàidhlig Funding 2011 onwards (verbal - Arthur)
Bòrd na Gàidheal were looking for more co-operation among organisations and willingness to work together.

Catriona, Arthur and Calum Alex had taken part in a recent review of funding and the Bòrd were happy with the governance of Fèisean nan Gàidheal and the level of cooperative working going on already. Calum Alex was going to attend workshops organised by Bòrd na Gàidhlig on *Ginealach Ùr na Gàidhlig*, looking at how organisations could work together to deliver this action plan.

(f) Creative Scotland Funding (verbal - Arthur)
Ian Smith joined the meeting to discuss Creative Scotland funding. He mentioned that there was no firm update on funding yet, but that he expected organisations whose 5-year term was coming to an end to receive a formal notice in autumn.

He envisaged that funding might be for a 2 year period as from 01 April 2011 but still unknown, all would be made clearer next month. After discussion Ian left the meeting.

(g) HIE Economic Impact Assessment (verbal - Arthur)
The final report on *The Social and Economic Impacts of the Fèisean* for Highlands and Islands Enterprise had been made available. There was to be a press release regarding this prior to the AGM.

EX3.2010.04 POLICY ISSUES
(a) Gaelic Policy: Tutor Questionnaire (verbal – Calum Alex)
An online questionnaire was being completed by tutors to assess what level of Gaelic skills they had. 120 responses had been received and all were positive apart from 2. It was anticipated that each tutor would have a Personal Gaelic Plan and access to suitable courses dependent on ability. 21 responses were happy to pay for training, 53 responses were happy to pay with support from Fèisean nan Gàidheal and the rest were happy to participate in training paid for by Fèisean nan Gàidheal.

It was hoped by August 2012 that all tutors employed by Fèisean would have increased their abilities in Gaelic. Tutors must show willing to use Gaelic. The aim of the Gaelic policy is to raise awareness of the importance of Gaelic at Fèisean and all tutors would be expected to have at least enough of the language to use in a classroom situation, with many taking their learning further than that elementary level.

EX3.2010.05 DEVELOPMENT ISSUES
(a) Fèisean nan Gàidheal Conference and AGM 2010 (verbal - Anne)
The Fèisean nan Gàidheal annual conference was due to take place in Ullapool on 24 and 25 September 2010. The programme had been finalised and Andrew Dixon, Creative Scotland was the Guest Speaker. Fiona Hylsop MSP had hoped to attend but cannot. She will be sending a video message for s to play to those present.

The programme for Saturday would consist of stories of the local area, a visit to the museum, a tour of the village and a surgery for Fèisean.

EX3.2010.06 BOARD MEETINGS

(a) Agenda items for forthcoming Board meeting

- Annual Report and Audited Accounts
- Blas 2011
- Bursary Scheme - List of Successful Applicants
- AGM 2010
- St Andrew's Weekend
- HIE Report Press Release

EX3.2010.07 GENERAL

(a) AOCB (verbal)

There was no other business.

(b) Date and venue of next meeting

The next meeting is to be held by phone conference on Friday, 19 November 2010 at 10.00am.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas a-rèir Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2010.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air na gnìomhan ann am pròram obrach na buidhne.

Bun Fhiosrachadh

Tha an aithisg ràitheil seo a' dèanamh oidhirp air na taisbeanairean coileanaidh – no toraidhean – a ghabhail a-steach, suidhichte mu choinneamh ceumannan taobh a-staigh Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) le Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (InG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES), Comhairle Earra Ghàidheal agus Bòid (CEB) agus Bòrd na Gàidhlig (BnG) a thaobh cùmhnantan maoineachaidh fa leth leis na buidhnean sin.

Gus an aithisg a chumail sìmplidh tha sinn air siostam 'DOU' a chleachdadh – Dearg, Òmar & Uaine – agus tha inbhe gach aon dhiubh mar a leanas:
R (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart gum faodar targaidean a chall; **Ò** (Òmar) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh; **G** (Uaine) = Air targaid.

Àir.	Dleastanas sa Phlana Leasachaidh	An Urra ri	Comharran Coileanaidh/Toraidhean	Adhartas	Ìre
1	**LÌBHRIGEADH SHEIRBHEISEAN**				
1.1		A h-uile duine	A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)	Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo.	**U**
1.2		Stiùiriche/Bòrd	A' cumail co-dhiù 15 obraichean Ionann is Làn-thìde ann an sgìre HIE (InG)	Tha 13 neach-obrach againn an-dràsta le 11.4 Ionann is Làn-thìde, ach le luchd-teagaisg is cunnradairean, bidh tòrr a bharrachd na 15 obraichean Ionann is Làn-thìde.	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	Co-dhìu aon neach gu bhith air fastadh tro sgeama nan oileanach no greis gnìomhachais aig CnaG (BnG)	Tha ùidh aig ceathrar ann an greis gnìomhachais.	**U**
1.3	Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean	Ceannard	A' cumail oirnn le Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean (AC)	Sgeama thabhartasan ann. Tabhartasan gam buileachadh mar a chaidh aontachadh.	**U**
		Manaidsear Gnìomha	Taic do co-dhiù deich thar fhichead Fèis air a' Ghàidhealtachd 's sna h-Eileanan gach bliadhna (InG)	Tabhartasan air an tabhann do 45 Fèisean airson 2010-11. Tabhartasan air an tabhann do 35 Fèisean ann an sgìre InG, le 21 ann an sgìrean dùbhlanach.	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	A' cumail oirnn a' maoineachadh leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean (AC)	Tha an sgeama maoineachaidh seo fosgailte a-rithist agus tagraidhean air iarraidh.	**Ò**

			Taic do thrì pròiseactan ùra, innleachdach gach bliadhna tro mhaoin leasachaidh airson Fèisean (InG)	Tha dùil gun tèid seo a choileanadh ann an 2010-11.	
		Manaidsear Leasachaidh	Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd (CnG)	Tabhartasan air an tabhann do 19 Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.	**U**
			Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar (CnES)	Tabhartasan air an tabhann do 6 Fèisean ann an sgìre Chomhairle nan Eilean Siar.	
			Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)	Tabhartasan air an tabhann do 7 Fèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	
1.4	A' toirt taic do luchd-obrach saor-thoileach	Oifigearan Leasachaidh	A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)	Chaidh gach ball den Sgioba Leasachaidh a chomharrachadh mar Prìomh Oifigear airson buidheann de dh'Fhèisean agus bheir iad taic dhaibh bho latha gu latha. Chaidh coinneamhan measaidh foirmeil a chumail le gach Fèis san t-Samhain agus san Dùbhlachd 2009.	**U**
		Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh/ Oifigear Gàidhlig/ Oifigearan Leasachaidh	A' cruthachadh phoileasaidhean a tha cho furasta 's as urrainn do luchd-obrach saor-thoileach a lìbhrigeadh.	Gach poileasaidh air ùrachadh ann an 2009-10 agus rim faotainn bhon làrach lìn sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.	**U**
				Trèanadh ri fhaotainn mu coileanadh phoileasaidhean nuair a dh'fheumas luchd saor-thoileach a dhol an sàs ann.	
				Tha Clàr Cunnartan ann agus cumaidh a' Bhuidheann Riaghlaidh sùil air sin le aithisg bhliadhnail a' dol mu choinneimh a' Bhùird.	
		Manaidsear Gnìomha/ Oifigearan Leasachaidh/ Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	A' leantainn oirnn leis an sgeama airson Uairean Bliadhnail.	Uairean bliadhnail gan tairgse ann an 2010-11 mar phàirt den tairgse tabhartais, le prìomhachas aig Fèisean as fheàrr a tha a' dèanamh feum de na h-uairean.	**U**
				Cumaidh an Sgioba Leasachaidh orra ag obair gu dlùth ri luchd-obrach air am fastadh fon sgeama agus tha cùnnradh gun fheumadh dhaibh a dhol dhan Fhèis Thrèanaidh.	
			Oifigear Leasachaidh air a chumail sna h-Eileanan Siar (CnES)	Jenna Chuimeineach obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle nan Eilean Siar.	**U**
			Oifigear Leasachaidh air a chumail ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)	Cairistìona Nic an t-Saoir obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	**U**
1.5	A' Cho-labhairt Bhliadhnail	Manaidsear Gnìomha/ Oifigear Ghnothaichean/ Oifigear Trèanaidh	A' cumail Co-labhairt Bhliadhnail (AC)	Co-labhairt 2010 san t-Sultain ann an Ullapul.	**U**
1.6	Àrachas	Manaidsear Gnìomha	Àrachas iomchaidh ann airson Fèisean nan Gàidheal, an luchd-obrach agus obair nam Fèisean.	Àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearran 2010 le àrachas ùr iomchaidh.	**U**
1.7	Stòras Ionnstramaidean Ciùil	Oifigear Ghnothaichean	A' toirt ionnstramaidean do dh'Fhèisean air iasad	A' leantainn air agus tha an t-seirbheis air a cleachdadh gu tric le Fèisean, tha ionnstramaidean air iasad a' mhòr-chuid den bhliadhna.	**U**
1.8	Fiosrachadh Pearsanta	Neach-tionail	Feumar measadh Disclosure leasaichte a dhèanamh air	Obair leantainneach air a dhèanamh le Sandy Gray	

1.8	Fiosrachadh Pearsanta	Manaidsear Gnìomha	gach neach-teagaisg is neach-obrach saor-thoileach aig na Fèisean.	agus grunn luchd-obrach a' cur an làmh ris. Thathar a' cumail ag ùrachadh an fhiosrachaidh phearsanta ann ceann gach trì bliadhna.	**U**
			A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach à sàr-mhathas a thaobh Dìon Chloinne agus a' cumail sùil air atharraichean san lagh (AC)	Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail agus tha sinn mothachail gu bheil atharrachaidhean gu bhith anns an t-siostam measaidh. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas, agus thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil fiosrachadh Disclosure sgrùdaichte aca.	**U**
1.9	A' cumail Stòr-dàta Luchd-teagaisg nam Fèisean	Oifigear Ghnothaichean	Am fiosrachadh as ùire ri fhaotainn daonnan.	Chaidh stòr-dàta Fèisean nan Gàidheal ùrachadh gu tur, agus bidh cothrom ann am fiosrachadh mu luchd-teagaisg ùrachadh a-rithist ri linn rannsachadh co-cheangailte ris a' Phoileasaidh Ghàidhlig ùir.	**U**
1.10	A' leasachadh, a' sgaoileadh agus a' reic stuthan-foillsichte	Oifigear Ghnothaichean	A' leantainn oirnn a' dèanamh as motha airgead as urrainnear bho reic stuthan-foillsichte	Tha sinn a' reic nas urrainn dhuinn tro Fhèisean, bhùithtean, m.s.a.a. Tha bùth a-nis air an làrach-lìn aig http://www.feisean.org/Shop/buth.html.	**U**
1.11	A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach	Oifigear Ghnothaichean/ Luchd-obrach uile		Tha *Faileas* air a chur ri chèile a-nis gu cunbhalach agus air a sgaoileadh gu dealanach a-mhàin gus airgead a chùmhnadh. Fiosrachadh mu gach cùis co-cheangailte ris na Fèisean air a sgaoileadh gu cunbhalach – cothroman maoineachaidh, naidheachdan VAN, naidheachdan SCVO, cothroman obrach, tachartasan m.s.a.a.	**U**
1.12	Taic do dh'Fhèisean ùra	Manaidsear Leasachaidh	A' cruthachadh 2 Fhèis ùr sna Sgìrean Dùbhlanach aig InG (InG)	Feumar an amas seo a choileanadh ro 2012. Tha iarrtas ann bho Fèis an Iar Thuath.	**U**
1.13	Taiceil do leasachadh nam Fèisean, no buidhnean de dh'Fhèisean a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeiliche	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis fa leth mar obair leudachaidh an lùib Fèis Bharraigh, Fèis Spè agus Fèis a' Bhaile (AC)	A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean Loch Abar, Fèis Spè agus Fèis Bharraigh.	**U**
1.14	Na Fèisean ag obair còmhla	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh		Tha maoineachadh airson Fèisean a bhith ag obair còmhla a' tighinn bhon Mhaoin Leasachaidh againn.	**U**
1.15	Pròg ram Trèanaidh Bliadhnail	Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	A' toirt trèanadh do dheich thar fhichead fèis sa bhliadhna agus do co-dhiù trì fichead 's a còig deug luchd-teagaisg agus luchd-eagrachaidh nam Fèisean coimhearsnachd (InG)	Tha dùil ri 60 com-pàirtiche ann am Fèis Trèanaidh sa Mhàrt 2011. Tha dùil ri mu 30 com-pàirtiche airson Ìre I is Ìre II aig SMO sa Ghearan 2011. Bidh Ìre III air a leasachadh agus air a lìbhrigeadh bhon Ghearran 2011 a-mach.	**U**
			Luchd-obrach gu bhith an-sàs ann an co-dhiù ceithir làithean trèanaidh Gàidhlig (BnG)	Tha trèanadh luchd-obrach a' leantainn air mar a dh'fheumar, agus gheibh an sgioba air fad oideachadh mu Ghàidhlig co-dhiù 4 tursan sa bhliadhna. Bheir luchd-obrach nam Fèisean oideachadh do neach-	**U**

				obrach ùr, no ball ùr, sam bith mu obair na buidhne. Tha Moreen Pringle air a bhith gabhail a' chùrsa Ùlpan. Tha Iona NicDhòmhnaill a' cumail a' dol le Masters (Cultar).	
1.16	A' cruthachadh Lìonra	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh	A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, cothroman compàirteachais le buidhnean eile ann agus taobh a-muigh saoghal na Gàidhlig, agus a' leantainn oirnn ag obair sna raointean a th' ann a-cheana, Fòram Ciùil Traidiseanta na h-Alba nam measg. (AC)	Tha sinn a' cumail oirnn a' dol gu coinneamhan agus a' cur ri obair an Fhòram Chiùil Thraidiseanta, a tha a-nise na bhuidheann corporraichte le barrachd dhleastanasan. Tha còmhraidhean air a bhith againn le Alba Chruthachail a thaobh cur an-gnìomh na h-aithisg air Ealain Thraidiseanta. Tha an càirdeas obrach againn a' leantainn leis an RSAMD agus Sgoil-chiùil a' Phluic.	**U**
			Ag obair ann an co-bhonn ri buidheann-stiùiridh Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig agus oifigear Ealain na Gàidhlig gus Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig ùrachadh agus adhartachadh (BnG).	Bidh sinn fhathast nar ball de buidheann stiùiridh nan Ealan Ghàidhlig, agus bidh sinn a' dol gu na coinneamhan aig Bòrd na Gàidhlig airson nam buidhnean Gàidhlig. Bidh Ceannard Fèisean nan Gàidheal an sàs anns a' Chùrsa airson Ceòl Traidiseanta is Gàidhlig aig SMO bho àm gu àm, agus e a' toirt comhairle do dh'oileanaich mun ghnìomhachas chiùil agus cothroman teagaisg a gheibhear aig na Fèisean is cothroman teagaisg eile.	
1.17	A' tagradh	An luchd-obrach/ An Ceannard ga stiùireadh	Ann an co-bhuinn ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig, bidh FnG a' leantainn orra a' cur gu mòr ri leasachadh ceòl traidiseanta agus nan ealain Gàidhlig ann an Alba (AC).	Bidh sinn a' cur seachad tòrr ùine air obair tagraidh agus leanaidh seo agus thèid a leudachadh ri linn suidheachadh an ionmhais sa fharsaingeachd. Bidh sinn gu tric a' cur freagairtean gu co-chomhairlean a bheir buaidh air ar n-obair; agus ann an dòighean a bheir buaidh air poileasaidhean.	**U**
1.18	Ceanglaichean Eadar-nàiseanta	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh		Tha ceanglaichean leantainneach againn ri Celtic Colours tron fhèis Bhlas.	**U**
1.19	Sanasachd is Margaidheachd	Ceannard/ Oifigear Ghnothaichean	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean sna meadhanan, le co-dhiù dusan sgeulachd naidheachd ionadail / roinneil, agus trì sgeulachdan naidheachd nàiseanta, agus aon sgeulachd mhòr a bhios air a sgaoileadh feadh Bhreatainn gach bliadhna (InG)	Nochd tòrr sgeulachdan naidheachd mur deidhinn, agus bithear a' cruinneachadh agus a' tasgadh nan sgeulachdan sin gu cunbhalach. Bha naidheachd ann mu na compairtaichean bho na fèisean a nochd air BBC 1 anns a' phròg ram Duaisean a' Chrannchuir Nàiseanta.	**U**
			Coinneamh fhoirmeil a chur air dòigh le sgioba conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig, le sùil ri inbhe na Gàidhlig a thogail am measg na tachartasan / seirbheisean uile gu lèir anns a bheil sibh an sàs (BnG).	Ri chur air dòigh fhathast.	
		Ceannard/ Oifigear Ghnothaichean	A' lorg barrachd obair chompàirt leis an roinn choimeirsealta agus seo a' togail air an urrasachd a fhuair Blas, agus cuideachd ag amas air barrachd bathar nam Fèisean a reic (AC).	Feumar tuilleadh a dhèanamh san raon seo, ach tha a' mhòr chuid co-cheangailte ri Blas aig a bheil Comataidh Maoineachaidh saor thoileach. Chaidh cuireadh a thoirt do chompanaidhean a dh'fhaodadh	**Ò**

		Ceannard/ Oifigear Ghnothaichean		taic a thoirt seachad an ath bhliadhna.	Ò
				Tha stuthan ri fhaighinn tron bhùth air loidhne againn aig www.feisean.org.	U
1.20	Fiosrachadh	Ceannard	Thèid Measadh Buaidh InG a chumail le Steve Westbrook Associates.	An aithisg dheireannach air foillseachadh aig àm na coinneimh bhliadhnail againn.	U
1.21	An Làrach-lìn agus TFC	Oifigear Ghnothaichean/ Gach neach-obrach mar as iomchaidh		Bèo aig www.feisean.org, www.blas-festival.com le làrach ùr www.feisceilidhtrails.org air a chruthachadh airson Cuairtean Cèilidh.	U
				Tha susbaint an làraich a' dol am meud, agus luchd-obrach a-nis air an trèanadh as ùir ann an Sitekit agus iad comasach air susbaint a chur ris an làrach.	
2	**LEASACHAIDHEAN ÙRA**				
2.1	Ag ullachadh Poileasaidh Gàidhlig do dh'Fhèisean nan Gàidheal, a thèid a ghabhail os làimh le ballrachd na buidhne	Oifigear Gàidhlig	A' leasachadh agus leudachadh chothroman air cànan agus cultar na Gàidhlig tro lìbhrigeadh Poileasaidh Gàidhlig agus cur air adhart tachartasan dràma Gàidhlig mar Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig agus cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann–dràma-oideachaidh. (AC)	Thathar a' cumail air a' cur planaichean Gàidhlig a-steach gu Fèisean nan Gàidheal le ùrachaidhean gach bliadhna, agus mar phàirt den choinneimh mheasaidh bhliadhnail le gach Fèis, bruidhinnear mu chùisean Gàidhlig.	U
				Chaidh aontachadh ri Poileasaidh Gàidhlig ùr a chaidh a sgaoileadh gu gach Fèis, le stiùireadh na chois.	
			Fèisean nan Gàidheal a' cumail taic ri co-dhiù 20 duine gus Gàidhlig ionnsachadh. (BnG)	Bidh taic air a thairgse dhan fheadhainn a tha airidh tron rannsachadh a tha sinn a' dèanamh le molaidhean a' tighinn air adhart san t-Sultain.	U
				Bheir an Sgioba Gàidhlig againn an taic as motha as urrainn dhaibh gus barrachd chleachdaidh a bhrosnachadh.	
			Lethbhreac de shanasan naidheachd agus sanasan tachartasan air fad a chur air adhart gu mygaelic.com agus Bòrd na Gàidhlig. (BnG)	Tha sinn air buidheann a chur air dòigh air mygaelic agus bidh sinn a' cur sanasan naidheachd dhan sgioba gu cunbhalach.	U
2.2	A' cruthachadh Sgioba Leasachaidh Gàidhlig	Oifigear Gàidhlig	Leantainn le bhith a' cur Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal an gnìomh agus seirbheis taic Gàidhlig a thoirt seachad do na fèisean air fad tro luchd-obrach agus pròiseactan sònraichte a-rèir an iarrtais. (BnG)	Tha an Sgioba-G againn a' cumail orra a' cuideachadh Fhèisean le bhith cur an gnìomh a' Phoileasaidh Ghàidhlig, tro phrògraman obrach mu choinneimh feumalachdan dhaoine, nuair a dh'iarrar, ag amas air ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig.	U
				A' dèanamh cinnteach gu bheil gach Fèis a' cleachdadh stuthan gu tur dà-chànanach, agus seo na chùmhnant den tabhartas. Thèid bruidhinn air an seo còmhla ri gach Fèis aig na coinneamhan measaidh.	
2.3	A' cruthachadh shiùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal.	Oifigear Gàidhlig/ Oifigearan Leasachaidh/ Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	Obair rannsachaidh ri dhèanamh am measg luchd-teagaisg nam Fèisean, luchd-frithealaidh nam Fèisean agus pàrantan, gus dealbh nas soilleire air an comasan labhairt sa Ghàidhlig. Cuideachd, agus faighinn a-mach cia mheud a tha ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh. (BnG)	Tha ceisteachan a' dol timcheall air luchd-teagaisg nam fèisean an-dràsta airson toiseach tòiseachaidh air an fhiosrachadh seo a thional airson slat-tomhais a thoirt dhuinn air soirbheas na h-iomairt. Bidh an ceisteachan a' tighinn gu crìch san t-Sultain.	U
			Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean eile gus fiosrachadh a sgaoileadh air cothroman a' Ghàidhlig	Tha tòrr fiosrachaidh air làrach-lìn ùr Blas mu chothroman ionnsachaidh. Bidh a h-uile duine a bhios	U

			ionnsachadh agus a chleachdadh, aig tachartasan agus air làrach-lìn na buidhne. (BnG)	a' frithealadh Blas a' faighinn cairt abairtean le fiosrachadh mu ionnsachadh. Tha tuilleadh ri dhèanamh.	
2.4	A' cruthachadh Fhèisean a tha tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin agus teagasg airson teaghlaichean tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean a stèidheachadh.	Ceannard/ Oifigear Gàidhlig	Barrachd Fhèisean tro mheadhan na Gàidhlig agus cothroman do phàrantan a bhith ag obrachadh còmhla ris an cuid chloinne ann an Gàidhlig.	Tha 6 Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig ann a-nis le barrachd teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean nach eil gu tur tro mheadhan na Gàidhlig. Tha Fèisean nan Gàidheal ag amas air Fèisean a bhiodh freagarrach do theaghlaichean a chruthachadh, no cothroman a thoirt dhaibh aig Fèisean stèidheichte. Bha cothroman ionnsachadh airson teaghlaichean aig Fèis Eilean an Fhraoich.	**U**
		Manaidsear Leasachaidh/ Bòrd	A' dèanamh cinnteach à dealas don Ghàidhlig am measg Fhèisean ùra	Chan fhaighear ballrachd mar Fhèis ùr mura h-eilear air dealas a shealltainn don Ghàidhlig. Feumaidh am Bòrd a-nis gabhail ri buill ùra gus dèanamh cinnteach gu bheil dealas aca don Ghàidhlig.	**U**
2.5	A' leasachadh Dràma Gàidhlig	Oifigear Dràma	A' cumail oirnn a' lìbhrigeadh sreath de Fhèisean dràma Gàidhlig (AC) A' cumail taic ri co-dhiù 80 bùth-obrach dràma ann an coimhearsnachdan air feadh Alba. (BnG)	Thèid fèisean dràma a chur air dòigh ann an 2010-11.	**U**
10.27 Fèis Spè was formed by a group of local musicians and volunteers in 1990, and, since the formation of the Cairngorms National Park in 2003, it has gradually developed its reach from Badenoch and Strathspey into the wider Park area, including communities in Aberdeenshire, Moray and the Angus Glens.

10.28 Activities have included a main Fèis Week in October, incorporating Fèis Bheag for around thirty under 8's, delivery of YMI in Badenoch and Strathspey schools, fiddle tuition in six primary schools, the Cairngorms Cèilidh Trail, a junior Cèilidh band (Bear Creek Reelers), participation in Blas, music days (workshops on specific subjects), weekly music clubs, teenage weekends and secondary school workshop days, and managing an instrument / equipment bank.

10.29 An ambitious future development plan is costed at £421,000 over three years (2009-12), including a musician in residence post to develop and deliver projects focusing on the heritage and natural environment of the National Park, joint projects with neighbouring Fèisean and other groups in the Park area, and enhancement of the role of Gaelic within Fèis Spè.

Fèis Bharraigh

10.30 Fèis Bharraigh held its 29th Fèis in 2009, and has developed a major presence in the community throughout the year, with evening classes, two cèilidhs, an extensive programme of evening events during the Fèis week, and Barra Fest which brings well known bands to Barra to perform. There were 147 participants at the 2008 Fèis, split between four different groups: 4-5's, 6-7's, 8-13's and older children. Classes on offer in 2009 were accordion, chanter, clarsach, drums, fiddle, guitar, keyboard, tin whistle, singing, art, drama, Highland Dancing, and group work.

10.31 Twenty-eight tutors and three supervisors were involved in the 2009 Fèis, with two thirds of tutors brought to the island. These and visiting participants generate economic impact, while Barra Fest over the past three years has been a major attractor of visitors, with all available accommodation booked months in advance and tents

pitched around the island. The marquee can accommodate up to 1,000 people each night. Income raised through Barra Fest is invested in music tuition for the Fèis.

10.32 According to a parent *"The Fèis creates a year-round culture of music on the island and is extremely beneficial to the children in terms of music tuition and mixing with other members of their peer group."*

Fèis Lochabair

10.33 The development of a Cèilidh Trail and performances at Blas and other events have helped give the keenest of the fèisean participants the equivalent of a Modern Apprenticeship in traditional music, with technical and administrative training as well as instrument tuition. In a popular tourism area, the Cèilidh Trail has given visitors opportunities to enjoy traditional music and absorb Gaelic culture.

The Scottish Government's Economic Strategy

10.34 The principal ways in which the Fèisean movement contributes to the Government's Economic Strategy are through:

- Generating output of well over £1 million per year. The individual Fèisean spent £1.1 million in 2008 and Fèisean nan Gàidheal's turnover in 2008/09 was £1.4 million.

- Equipping young people with the skills and practical experience to take up careers in the creative industries, one of the Highlands and Islands' and Scotland's target sectors for growth in output, productivity, and exports.

- Increasing participation in the labour force through providing full and part time work opportunities, often in areas with limited employment options.

- Improving equity across Scotland through the quality of work and tuition in remote and rural communities, with a relatively high impact, as demonstrated above, in fragile areas within the Highlands and Islands.

- Encouraging population retention and growth in small and remote communities through providing social activities (especially for young people), social and cultural inter-action, and a greater understanding of the Gaelic and cultural heritage of people's home areas. Return visits by tutors, performers, and family members during Fèisean weeks and for related special events encourage the retention of links and future return migration (as evidenced by other studies).

Dreachd Bhrath Naidheachd a bhios air fhoillseachadh le InG air 24mh Sultain

Buaidh Làidir aig na Fèisean air Feadh na h-Alba

Tha buaidh eaconamach nam fèisean a' cur còrr is £2m gach bliadhna, a rèir aithisg a chaidh iarraidh le Iomairt na Gàidhealtachd is na h-Eileanan (HIE).

Tha geàrr-chunntas san aithisg ùir 'Buaidh Eaconamach is Sòisealta nam Fèisean' ag innse gu bheil 49 cosnaidhean làn-thìde air a' Ghàidhealtachd agus ann na h-Eileanan tro iomairt nam fèisean a tha an urra ri cur an dòigh ceòl traidiseanta, fèisean agus tachartasan. Tha an sgrùdadh cuideachd a' dearbhadh buaidh chudromach anns na 'sgìrean cugallach' far a bheil na fèisean a' cur còrr air cairteal a' mhillean not do thuarastail annta.

Chuir HIE an cèill maoineachadh £540,000 a dh'ionnsaigh Fèisean nan Gàidheal san t-Sultain ann an 2009. Tha HIE agus buidhnean eile a' cur airgead-tasgaidh a-steach a leasachadh nam Fèisean tron bhuidheann a chumas taic ri lìonra nam fèisean diofar iomairtean ùra a chuir an gnìomh air feadh na sgìre.

Thòisich a' chiad fhèis ann am Barraigh tràth sna 1980an agus tha an aithisg a' tuairmse gun deach 20,000 duine am brosnachadh airson gabhail pàirt ann an ealain thraidiseanta aig clas fèisean air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Tha an fhàs seo air cruthachadh iomadh cothroman cosnaidh, agus tha grunn oileanaich a ghabh pàirt sna fèisean a-nise ag obair mar luchd-teagaisg iad fhèin.

Tha mu 13,000 duine òga a' gabhail pàirt gach bliadhna ann an tachartas le taic bho Fèisean nan Gàidheal air feadh na h-Alba. Tha na coimhearsnachdan a bhios a' cur air dòigh fèisean air an gluasad a chionn 's gu bheil buannachdan sòisealta, ealanta agus cànanach ann dhaibh.

Tha an aithisg a' cur cudrom air grunn dhaoine ionadail a chleachd a bhith a' gabhail pàirt anns na fèisean tric agus a tha a nise a' trèanadh no ag obair ann an obair co-cheangailte, mar Catriona Watt, a bhuannaich an fharpais 'Neach Ciùil Òg Tradiseanta 2007' agus an seinneadair ainmeil Julie Fowlis.

Thuirt Niall Rois, Ceann Roinn Fàs Choimhearsnachdan: "Tha an aithisg a' cur cudrom air na buaidhean sòisealta air na coimhearsnachdan, a th'aig na 42 fèisean a ghabh àite air feadh na h-Alba ann an 2008-09, a bharrachd air na buaidhean eaconamach. Tha fèisean cudromach ann a bhith brosnachadh agus a' neartachadh cultar na Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean, a-rèir fianais bho dhaoine ann am buidhnean ionadail. Thachair grunn bhùthan-obrach agus clasaichean, a' gabhail a-steach tachartasan Cèilidhean air Chuairt, cuairtean thall thairis agus cuirmean-ciùil."

Tha na fèisean a' tabhainn luchd-cluiche tàlantach airson na gnìomhachasan cruthachail – aon dhen phrìomh roinnean ann an Alba a tha a' cumail taic ri eaconamaidh turasachd agus cothroman obrach ann an sgìrean dùbhlanach. Tha Fèisean nan Gàidheal a' cur air dòigh Fèis Bhlas agus chaidh an àireamh de luchd-amharc a bha a' frithealadh na fèise seo suas 27% an-uiridh. Bha fèis na bliadhnsa air a cumail eadar 3 agus 12 Sultain.

Thuirt Ceannard Fèisean nan Gàidheal, Art MacCarmaig: "Cha robh a-riamh àm ann nuair a bha barrachd dhaoine òga a' cluich ionnsramaidean ciùil agus a' seinn òrain. Tha an aithisg seo a' cur cudrom air cho soirbheachail sa tha na fèisean ann a bhith a' toirt buannachdan eaconamach don Ghàidhealtachd is do na h-Eileanan agus àitean eile air feadh Alba, agus a tha sin gu math cudromach ri linn staid na h-eaconamaidh. Tha na buannachdan sòisealta agus cànanach cuideachd uabhasach cudromach agus tha mi dhen bheachd gu bheil ùidh agus comas ann an ceòl traidiseanta ann an Alba, air fàs gu mòr thar na 30 bliadhnaichean a chaidh seachad. Tha mi cinnteach gur e cho soirbheachail sa tha na fèisean a' phrìomh adhbhar airson an fhàs seo tha a' cuideachadh gu mòr ann a bhith a' togail aire dhaoine ri cèol traidiseanta agus a' daingneachadh inbhe na Gàidhlig."

… Crìoch

Fèisean nan Gàidheal

Rannsachadh air Feumalachdan Trèanaidh Gàidhlig Luchd-teagaisg nam Fèisean

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2010.04(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Gus fiosrachadh a thoirt do bhuill a' bhùird mu rannsachadh nan luchd-teagaisg gu ruige seo.

Bun Fhiosrachadh

Mar phàirt de Phoileasaidh Gàidhlig Fhèisean nan Gàidheal feumaidh co-dhiù beagan Gàidhlig a bhi aig a h-uile neach a bhios a' teagasg aig Fèis bho fhoghar 2012 a-mach.

Mar thoradh air seo bha feum air rannsachadh a dhèanamh gus fianais fhaighinn mu na comasan Gàidhlig a tha aig luchd-teagaisg aig an àm seo agus dè an ìre de thrèanadh a tha dhith orra gus amas na poileasaidh a choileanadh.

Rannsachadh

Chaidh ceisteachain an luchd-teagaisg air loidhne anns an Ògmhios agus on uairsin tha faisg air 150 neach-teagaisg air freagairt. A-nis tha dealbh nas fheàrr againn mu chomasan Gàidhlig nan luchd-teagaisg agus an ìre agus an seòrsa trèanaidh a tha dhìth air chuid. Thig an rannsachadh gu crìch air 30 Sultain 2010

Bruidhinnidh mise dhan Bhòrd mu chuid den fhiosrachadh a tha air nochdadh anns na freagairtean agus an t-slighe air adhart às dèidh an rannsachaidh.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' bhùird fa-near a thoirt do dh' adhartais an rannsachaidh.

Calum A Mac a' Mhaoilein
Manaidsear Leasachaidh
Sultain 2010

Fèisean nan Gàidheal

Aithisgean Luchd-obrach

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2010.05(a)

Luchd-obrach	**Calum Ailig MacMhaolain**
Dleastanas	**Manaidsear Leasachaidh**
Ùine	**An t-Ògmhios – An Lùnastal 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (CEA)**
	Nam dhreuchd sa tha mi ag obair mar prìomh oifigear do 4 Fèisean; Fèis Ghallaibh, Fèis Fhoirt, Fèis Dhùn Èideann and Fèis Obar Dheathain. Tha mi a' cumail còmhraidhean cunbhalach le na Fèisean agam, 's bi mi a' cumail taic riutha a thaobh eadar-theangachaidhean, feumalachdan a thaobh ionnsramaidean, iarrtasan maoineachaidh, taic-eadar-lìon agus gnothaichean sam bith eile a tha iomchaidh. Tha mi a' toirt stiùireadh do na h-oifigearan leasachaidh agus an sgioba-dràma bho latha gu latha agus bi a' toirt cuideachadh is taic dhaibh leis na dleastanasan aca agus le cuid de phròiseactan sònraichte. A-measg na pròiseactan seo tha; Sgoil Shamhraidh Dhràma, Fèis Alba, Na Cèilidhean air Cuairt, Iarrtasan maoineachaidh agus planadh son pròiseactan dràma. A-measg na dleastanasan eil' agam tha; Sgeama leasachaidh nam fèisean a tha air iarrtas no dhà fhaighinn anns na beagan seachdainean a dh'fhalbh. Bidh mi a' riochdachadh Fèisean nan Gàidheal aig diofar choinneamhan is cho-labhairtean. Bidh mi a' cumail còmhraidhean cunbhalach agus a'' frithealadh coinneamhan le Bòrd na Gàidhlig. Bidh mi cuideachd a' frithealadh coinneamhan son mhòr-ionad Inbhir Nis agus coinneamhan le Buidhnean Gàidhlig eile. Còmhla ri luchd-obrach eile na buidhne le bhith a' cur Fèis Blas air dòigh agus bidh mi a' frithealadh coinneamhan de bhòrd-stiùiridh na Fèise. Bha mi nam fhear-an-taighe aig còig chonsartan am bliadhna. A bharrachd air seo tha mi air cuid dha na dleastanasan a bh' agam mar oifigear Gàidhlig nam measg; eadar-theangachadh, a' cur am poileasaidh an gnìomh agus a' stiùireadh rannsachadh nan luchd-teagaisg.
1.2	**Co-dhiù aon neach gu bhith air fastadh tro sgeama nan oileanach no greis gnìomhachais aig CnaG (BnG)**
	Bha dithis oileanach againn am bliadhna mar phàirt de sgeama greis-gnìomhachais CnaG. Rinn Jenny Forbes agus Clare Jordan ag obair gu dlùth le na Cèilidhean air Chuairt agus rinn iad obair mhath rè na greis-gnìomhachais. Bha e math a bhith a' cur taic ris an sgeama luachmhor seo.
1.3	**Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean**
	Chaidh an sgeama leasachaidh a chuir air bhog airson na bliadhna-sa agus tha sinn a beachdachadh air iarrtasan a tha air a thighinn thugainn anns na seachdainean a dh'fhalbh. Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do Dh' Fhèisean anns Na h-Eileanan Siar, Sgìre na Gàidhealtachd agus Sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid. Tha mi an-dràsta a' coimhead ri aontachadh fhaighinn air tuilleadh maoineachaidh airson na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal.
1.4	**A' toirt taic do luchd-obrach saor-thoileach**
	Tha mi a' cumail taic ri na ceithir Fèisean agam agus a' toirt comhairle agus cuideachadh dhaibh nuair a bhios e iomchaidh.
1.12	**Taic do dh'Fhèisean ùra**

	Tha buidheann ann an Sgobhairidh air a bhith planadh gus Fèis an Iar-Thuath a chuir air dòigh san àm ri teachd 's tha iad air a bhith bruidhinn ris an àrd-oifigear leasachaidh againn.
1.13	**Taiceil do leasachadh nam Fèisean, no buidhnean de dh'Fhèisean a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeiliche**
	Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean Loch Abar, Fèis Spè agus Fèis Bharraigh.
1.14	**Na Fèisean ag obair còmhla**
	Tha àireamh math de dh'Fhèisean ag obair còmhla air diofar phròiseactan mar; pròiseactan tasglainn, cèilidhean air cuairt agus taisbeanaidhean eile. Tha Fèis Spè is Fèis Mhoireibh air a bhith a' toirt seachad bhùthan-obrach còmhla aig Speyfest agus rinn Fèis a' Bhaile agus Fèis na h-Òige taisbeanadh aig Fèis Blas. Tha sinn a' brosnachadh na Fèisean gu bhith a' cur iarrtasan a-steach don sgeama leasachaidh air pròiseactan far am bi iad ag obair còmhla.
1.15	**Pròram Trèanaidh Bliadhnail**
	Fhuair luchd-obrach trèanadh làrach-lìn Sitekit agus bi sinn a' coinneachadh a-rithist a dh'aithghearr airson latha Gàidhlig.
1.16	**A' cruthachadh Lìonra**
	Tha mi air ceangalan a chumail 's a neartachadh le buidhnean Gàidhlig eile le taic bho BnaG agus tha sinn a' coimhead an-dràsta ri tuilleadh cothroman co-obrachaidh a-measg nam buidhnean. Tha mi air a bhith frithealadh coinneamhan gus beachdachadh air mòr ionad airson na buidhnean Gàidhlig ann an Inbhir Nis. Còmhla ri Oifigear Dràma Dougie Beck, bha mi an làthair aig latha fosgailte aig SMO gus beachdachadh air an t-slighe air adhart airson Dràma Gàidhlig agus gu h-airidh a beachdachadh air an cothrom gus cùrsa aig ìre colaiste/oilthigh a steidheachadh. Bidh mi a' frithealadh coinneamhan NGAS (GASD) le ceannard na buidhne agus tha mi air tachairt ris an oifigear ealain, Brian O' Headhra gus beachdachadh air pròiseactan ùra agus na cothroman aig Fèisean nan Gàidheal. Tha sinn a-nis air iarrtas a chuir a-steach do NGAS airson maoin fhaighinn airson pròiseactan ùra.
1.18	**Ceanglaichean Eadar-nàiseanta**
	Tha sinn a' leantainn na ceanglaichean eadar-nàiseanta le Èirinn is Canada tron Fhèis Blas. Am bliadhna bha 'n Cèilidh air Chuairt aig Fèis Rois a' cluiche consartan anns A' Chuimrigh, Sasainn agus Èirinn.
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.1	**Ag ullachadh Poileasaidh Gàidhlig do dh'Fhèisean nan Gàidheal, a thèid a ghabhail os làimh le ballrachd na buidhne**
	Tha am poileasaidh ùr a-nis dha cur an gnìomh le na Fèisean air fad 's bidh sinn a' tabhann taic dhaibh a thaobh; eadar-theangachadh, pasgan cur-seachadan Gàidhlig, Sgioba-G is eile. Bha na Sgoil Shamhraidh air leth soirbheachail a-rithist am bliadhna 's tha na pròiseactan rèidio air obrachadh gu math le craolaidhean de na dealbhan-cluiche a' dol a-mach air Aileag. Tha sinn an-dràsta a' cur planaichean ri chèile son cuairt Meanbh Chuileag tràth ann an 2011 agus Pròiseact rèidio ann an sgoiltean Earra-Ghàidheal.
2.2	**A' cruthachadh Sgioba Leasachaidh Gàidhlig**
	Tha na Sgioba-G air a bhith a' toirt taic do fèisean air na beagan mìosan a dh'fhalbh agus bidh iad a-rithist ag obair le Fèis Spè agus Fèis a' Bhaile anns an Dàmhair. Tha sinn air a bhith ag ullachadh cur-seachadan ùra a bhios sinn a' cleachdadh aig na Fèisean bho seo a-mach. Faodaidh gach Fèis ar seirbheis eadar-theangachaidh a cleachdadh agus tha iad uile a' dèanamh oidhirp gus am poileasaidh ùr a chuir an gnìomh.
2.3	**A' cruthachadh shiùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal**

	Tha ceisteachain nan luchd-teagaisg a-nis air loidhne agus tha 'n ìre de fhreagairtean air a bhith math gu ruige seo. Tha mi a' dèanamh sgrùdadh air freagairtean an-dràsta agus bhon an fhiosrachadh a gheibh sinn bidh mi ag ullachadh planaichean pearsanta son luchd-teagaisg agus a' cur cothroman trèanaidh air dòigh dhaibh.
2.4	**A' cruthachadh Fhèisean a tha tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin agus teagasg airson teaghlaichean tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean a stèidheachadh**
	Tha na Fèisean tro mheadhain na Gàidhlig air a bhith trang le na clasaichean abhaisteach aca. Chum Fèis na h-Òige deireadh-seachdain de phìobaireachd ann am Bad a' Ghiuthais bho chionn beagan seachdainean agus bha seo air leth soirbheachail 's e a' faighinn moladh mòr bho chom-pàirtichean. Tha an Fhèis ùr 'Fèis an Iar-Thuath' air dreach poileasaidh Gàidhlig a' sgrìobhadh a thèid a chuir an gnìomh cho luath 's gum faigh iad inbhe Fèise
2.10	**Cruthachadh òrain ùr Gàidhlig**
	Tha sinn aig ìre-thràth ann a bhith a leasachadh an iomairt seo. Tha sinn am beachd fòram a chumail de dhaoine a tha sgrìobhadh òrain anns an latha an-diugh son beachdachadh air an t-slighe air adhart agus ro-innleachd a chuir an cèill. Tha sinn an dòchas gun tachair seo ro dheireadh na bliadhna le clàraidhean a gabhail àite rè 2011. Thug Fèis Blas coimisean don sheinneadair Eilidh NicCoinnich gus 3 thaisbeanadh chuir air dòigh làn de dh'Òrain air an ù-sgrìobhadh agus stèidhichte air naidheachdan toilichte a thachair tro 2010. Bha seo air leth-soirbheachail agus chòrd e ri luchd-frithealaidh na Fèise a bha an làthair aig na consartan seo.
2.13	**A' frithealadh air Deugairean sna Fèisean**
	Bha na Cèilidhean air Chuairt air leth soirbheachail a-rithist am bliadhna, agus bha e math a bhithfaicinn Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheal a-nis stèidhichte. Tha Fèisean Lochabair a' cur planaichean ri chèile airson Fèis Dheugairean a dhèanamh san Dàmhair. Tha àireamh math de na Fèisean a' tabhann cothroman fa-leth do dheugairean agus tha cuid mhath aca feuchainn ri pròiseactan ùra tharraingeach a chuir air dòigh dha dheugairean.
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.6	**Cothroman Taisbeanaidh**
	Bidh sinn a' cumail oidhche de thaisbeanaidhean air Oidhche Naomh Anndra. We will be holding a showcasing event to commemorate St. Andrews night which will feature the Ceilidh trails who were performing during the summer. I will be working closely with Nicola to develop with a plan for this.
3.8	**Leasachadh Blas – A' togail bratach na Gàidhealtachd**
	Bha còrr is 80 tachartais am bliadhna rè Fhèis Blas eadar consartan agus taisbeanaidhean sgoile. Bha fear/bean an taighe le Gàidhlig aig gach consart agus bha gach bileag/sanas/brath naidheachd foillseachaidh air a dhèanamh sa Ghàidhlig – Gàidhlig le prìomhachas mar a tha Plana Gàidhlig Blas ag amas. Cuideachd, bha BBC Alba an làthair aig ceithir consartan agus bidh iad seo air an craoladh thar na beagan seachdainean a tha romhainn. Bha sàr luchd-ciùil aig an Fhèis a-rithist am bliadhna 's tha sinn fhathast a feitheamh air dearbhadh air na h-=àireamhan a bh'aig gach consart thar na Fèise. Bidh mi a' frithealadh coinneamhan de Bhòrd Blas agus bi mi ag obair gu dlùth leis a' Cheannard gus beachdachadh air maoineachadh airson na Fèise ann an 2011.

Luchd-obrach	**Anna Willoughby**
Dleastanas	**Manaidsear Gnìomha**
Ùine	**An t-Ògmhios – An Lùnastal 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal

Targaid	Targaid Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (CEA)**
	Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo.
1.3	**Taic do thrì pròiseactan ùra, innleachdach gach bliadhna tro mhaoin leasachaidh airson Fèisean (InG)**
	Tabhartasan air an tabhann do 45 Fèisean (35 ann an sgìre IGE) le 21 ann an sgìrean dubhlanach, pàigheadh a-mach £237,240.44 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach cuid mhath den airgid a tha air a thabhann, £81,302.44 do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 22 Fèisean.
1.4	**A' leantainn oirnn leis an sgeama airson Uairean Bliadhnail**
	2115 Uaireannan stèidhichte air an tabhann airson 2010-11 mar phàirt de thairgse tabhartais, le prìomhachas aig Fèisean as fheàrr a tha a'dèananh feum de na h-uairean. Tha an Sgioba Leasachaidh cumail orra ag obair gu dlùth ri luchd-obrachd air am fastadh fon sgeama oir feumaidh iad a dhol dhan Fhèis Trèanaidh air deireadh sheachdain 12/13 Am Màrt 2011 mar cùmhnant de'n sgeama thabhartasan nam Fèisean 2010-11. Tha stòr-data air a cur ri chèile le ainmeannan luchd rianachd nam Fèisean.
1.5	**Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)**
	Tha planaichean a' dol air adhart airson an Co-labhairt Bhliadhnail 2010 air 24/25 An Sultain. Thèid an co-labhairt a chumail anns An Ionad Chèilidh ann an Ulapul am bliadhna. Tha Anndra Dixon, Ceannard, Alba Cruthachail gu bhith còmhla rinn.
1.6	**Àrachas iomchaidh ann airson Fèisean nan Gàidheal, an luchd-obrach agus obair nam Fèisean**
	Poileasaidh air ath-bhreithneachadh agus air ùrachadh an dràsta. Chaidh còmhdach a leudachadh agus suimean le àrachas àrdachadh mar a bha iomchaidh an uiridh. Cha robh atharraichean ann am bliadhna. Tha FnG ag iarraidh air an luchd-obrach a bhith cleachdadh àrachas ghnìomhachais ma tha iad a cleachdadh an carbad aca fhèin airson siubhal.
1.6	**Feumar measadh Disclosure leasaichte a dhèanamh air gach neach-teagaisg is neach-obrach saor-thoileach aig na Fèisean**
	Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas agus ga ùrachadh airson luchd teagasg agus saor thagraichean air an stòr-data a h-uile tri bliadhna. Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas bho £20.00 gu £23.00 agus feumaidh sin suimean anns am buidseat àrdachadh.
1.6	**A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach à sàr-mhathas a thaobh Dìon Chloinne agus a' cumail sùil air atharraichean san lagh (CEA)**
	Tha Fèisean a cuir a-staigh liosta luchd teagaisg agus feumaidh teisteanas a bhith gnìomh mas tèid airgead a' pàigheadh a-mach. Chan fhaigh Fèisean tabhartas mar a bheil seo air a dèanamh.
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.6	**A' dèanamh rannsachadh air mar a chruthaichear 'goireas cultarach' nam Fèisean anns am biodh raointean sòisealta, cleasachd agus teagaisg, a' cur teicneòlas airson teagasg air astar agus ceanglaichean ris na gnìomhachasan cruthachail gu feum, ann an coimhearsnachd chugallach Ghàidhlig (InG)**
	Ga thoirt air adhart ann an 2010-11 agus air a lìbhrigeadh ro 2012 a rèir mar a chaidh aontachadh le ING. A' coimhead ri co-obrachadh le Ceòlas ann an Uibhist a Deas le buannachd dha na fèisean cuideachd.

Luchd-obrach	**Iona NicDhòmhnaill**
Dleastanas	**Oifigear Treànaidh agus Poileasaidh**
Ùine	**An t-Ògmhios – An Lùnastal 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.4	**A' toirt taic do luchd-obrach saor-thoileach: A' cruthachadh phoileasaidhean a tha cho furasta 's as urrainn do luchd obrach saor-thoileach a lìbhrigeadh**

	Chaidh gach poileasaidh ùrachadh eadar 2009-10, agus an cur suas air an làrach-lìn ann an Gàidhlig agus Beurla. Chaidh duilleagan-stiùiridh a sgrìobhadh cuideachd (a rèir feum) airson taic a thoirt don luchd-obrach saor-thoileach, agus luchd-cleachdaidh eile.
1.5	**A' Cho-labhairt Bhliadhnail**
	Thèid co-labhairt a chumail san t-Sultain ann an Ulapul. Bidh còmhradh le Ali Beag MacLeòid, cuairt agus tadhal air an taigh-tasgaidh ann air an Disathairne, a bharrachd air cothrom bruidhinn ri luchd-obrach aig "surgery".
1.15	**Pròram Trèanaidh Bliadhnail: A toirt trèanadh do 30 Fèis sa bhliadhna agus co-dhiù 75 luchd-teagaisg agus luchd eagrachaidh nam Fèisean**
	A' deasachadh pròram an-dràsta a-rèir na buidseat a th'ann. – Fèis Trèanaidh gu bhith anns a' Ghearasdan (12/13 Am Màrt 2011). Trèanadh Luchd-Teagaisg – 26/27 An Gearran 2011, Sabhal Mòr Ostaig. Tha a' mhòr-chuid de na fèisean againn a' gabhail cothroman trèanaidh aig Fèis Trèanaidh, tachartas bliadhnail, a bhios a' dol air adhart sa Mhàirt, 2011. Bha 22 fèisean air an riochdachadh aig FT10. Eadar Trèanadh luchd-teagaisg agus FT11, tha a h-uile coltas ann gun ruigear an targaid seo. Chaidh barrachd is 85 daoine tro na bùithtean-obrach againn am bliadhna. Bha bùth-obrach air Dannsa-ceum, le Melody Cameron anns an Iuchar, agus bùth-obrach dà latha air Dealbhachadh Graifigeach le Ronan Martin sa Lùnastal.
	Luchd obrach gu bhith an-sàs ann an co-dhiù ceithir làithean trèanaidh Gàidhlig (BnG)
	A' leantainn air adhart
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.3	**A' cruthachadh shiùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal**
	A' cuideachadh na h-oifigearan eile gus seo a thoirt gu buil.
2.7	**A' brosnachadh Fhèisean ionadail a bhith a' tasgadh stuthan a ghabhadh a chleachdadh airson teagasg san sgìre aca. 6 pròiseactan dualchais ionadail le muinntir Fèis na sgìre air an ceann, agus seo a' toirt dhuinn stòrais air-loidhne a bhios an asgaidh (InG)**
	Ri dhèanamh.
2.8	**Buidheann Leasachaidh Ro-innleachdail nan Ealain Gàidhlig: An sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig mar phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus a' toirt taic do dhreuchd an Oifigeir Ealain a tha SAC/BnG a' moladh (CEA)**
	A' cur taic ris a rèir feum
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.4	**Obair eile ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim**
	Chaidh iarrtas a-staigh gu iDiscover, sgeama a tha a' brosnachadh ionnsachadh neo-àbhaisteach anns na sgoiltean, airson programan bho Fèisean nan Gàidheal. Cluinnear mar a chaidh dhaibh ro làithean-saora an Dàmhair.
3.7	**Sgeama Bursaraidhean Ciùil: Pròram de bhursaraidhean a lìbhrigeadh taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd mar phàirt de Phròram Ealan na Gàidhealtachd (CnG)**
	Foirm iarrtais agus notaichean stiùiridh shuas air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal http://www.feisean.org/Projects/Music-Bursaries-GD.htm An dàrna cuairt a' tachairt an-dràsta, le 25 iarrtasan. (18 sa chiad chuairt).
Eile	**Leudachadh/leasachadh Ìre 3 airson luchd-teagaisg** Coinneamh leasachaidh gu bhith ann 8/9/2010 gus Ìre 3 a thoirt gu buil. Iona/Val Bryan/Andy Thorburn an-sàs.
	Airgead ùr a thogail – 2 iarratas a chur a-staigh gu buidhnean maoineachaidh sa bhliadhna airson cothroman trèanaidh a thoirt air adhart Ciad iarratas gu SAC/YMI airson trèanadh luchd-teagaisg – soirbheachail (£4450)

	Lean air adhart le Pròg̀ram Trèanaidh san-taigh, a' cumail sùil air buidseat Leantainneach. "Ag obair air an Làrach-lìn" le Heckie Cormack, Port Rìgh, 24/08/10.
	Cuir crìoch air gach ullachadh co-cheangailte ri Fèis Trèanaidh 2011 agus fiosrachadh a sgaoileadh (dreach ri bhi deiseil 31.10.10) Thèid seo a choileanadh ri ùine. A' bruidhinn ri taigh-òsta sa Ghearasdan airson 12/13 Am Màrt, 2011.
	Dleastanasan a bharrachd: Celtic Neighbours – Tha an iomairt seo air a ruith bhon A' Chuimrigh, agus tha planaichean eadar-nàiseanta aca airson nàbaidhean Ceilteach a thoirt còmhla air phròiseactan a tha iomchaidh eadar na Ceiltich. Tha taisbeanadh nan ealan lèirsinneach (Tìr) gu bhith fosgladh as t-Samhain 2010, le caithream-ciùil. Tha mi air a' bhòrd-stiùiridh. Dh'fhaodadh seo a bhith freagarrach fo **1.18 Ceangalaichean Eadar-nàiseanta**.

Luchd-obrach	**Moreen Pringle**
Dleastanas	**Oifigear Ghnothaichean**
Ùine	**An t-Òg Mhios – An Lùnastal 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh pròg̀ram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.5	**Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)**
	Bidh an Co-labhairt Bhliadhnail 2010 air ann An t-Sultain.
1.7	**Iasad cunbhalach de dh' ionnstramaidean do dh'Fhèisean**
	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iarrtas a' toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh an' mhòr-chuid den bhliadhna. Tha an mòr cuid dh' ionnstramaidean a bha anns an oifis air à' dol a-mach gu Fèis Chataibh, Fèis Tir an Eorna, Fèis na h-Oige, Fèis Tir a' Mhurain, Fèis nan Garbh Chriochan, Fèis Arainn, Fèis Eilean an Fhraoich agus Fèis Lannraig a' Tuath.
	Tha an àireamh de Fhèisean a-nis a' cur feum air ionnstramaidean air cothroman gus fastadh ri daoine fa leth a lùghdachadh. Tha iarrtais air ionnstramaidean ciùil doirbh ro-innse airson gu bheil ionnstramaidean eadar dhealaichte a dhith bho bhliadhna gu bliadhna. Bho cionn goirid tha sin air cùmhnantan ùr a cur a-mach airson 2 bogsa-ciùil agus 2 fhidheall. Gu h-iomalan, tha cùmhnantan a-mach airson: 19 Clàrsaich, 12 Fhidheall, 2 Phìob Beag, 14 Bogsa-ciùil agus 1 Meur-chlàr A' toirt a-staigh barrachd na £500 gach mìos.
1.9	**Dàta, a thathar ag ùrachadh gu tric, ri fhaotainn an còmhnaidh**
	Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.
1.10	**Leasachadh, Sgaoileadh agus reic foillseachaidhean**
	Tha am bùth air an Làrach-Lìn fosgailte airson leabhraichean a' cheannach.
1.11	**Dèanamh agus Sgaoileadh Naidheachdan Cunbhalach agus Fiosrachadh Eile**
	Chaidh Faileas air an Làrach-Lìn deireadh An t-Òg Mhios agus tha sin a deisealachadh fear eile airson An t-Sultain.
1.19	**Àrdaich agus tog ìomhaigh Iomairt nam Fèisean agus a soirbheachais le dusan pìosan de chòmhdach ionadail/roinneil , trì Pìosan de Chòmhdach nàiseanta agus aon sgeulachd mhòr a bhios air a sgaoileadh feadh Bhreatainn gach bliadhna (Targaid IGE)**
	Tha pìosan de chòmhdach ionadail a' dol a mach. Tha mi ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean agus tha sin à' dèanamh adhartas.
	Dèan sgrùdadh air com-pàirteachasan nas motha leis an earrainn choimeirsealta agus cuideachd ag amas air barrachd bather nam Fèisean a reic (Targaid CEA)

	Tha mi gu bhith ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean.
1.21	**Làrach-lìn agus Teicneolas Fiosrachaidh agus Conaltraidh (TFC)**
	Tha Làrach-lìn www.feisean.org ga ùrachadh gu cunbhalach.

Luchd-obrach	**Dougie Beck**
Dleastanas	**Oifigear Dràma**
Ùine	**An t-Òg Mhios – An Lùnastal 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (CEA)**
	Bidh mi gu tric a' toirt taic do na Fèisean a thaobh eadar-theangachadh, deasachadh agus dealbhachadh. Tha mi cuideachd an sàs gu mòr ann an deasachadh mu choinneamh obair Sgioba-G aig na Fèisean. Tha mi air a bhith an sàs ann a bhith a' deasachadh leabhar-taice Gàidhlig ùr do dh'Fhèis Rois.
1.16	**A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, cothroman compàirteachais le buidhnean eile ann agus taobh a-muigh saoghal na Gàidhlig, agus a' leantainn oirnn ag obair sna raointean a th' ann a-cheana, Fòram Ciùil Traidiseanta na h-Alba nam measg (CEA)**
	Chaidh latha a chur seachad aig obair aig Ionad Bhlàr Chùil Lodair às leth Urras Nàiseanta na h-Alba sa Chèitean, a' toirt clann timcheall an Ionaid tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sinn an dùil ceangal maireannach a chur air dòigh agus tuilleadh làithean mar seo a dhèanamh. Tha e coltach gum bi an ceangal leis a' BhBC a' leantainn, le aonta bhuapa a bhith an sàs anns an tuilleadh phròiseactan rèidio den t-seòrsa a chaidh a ruith ann an sgoiltean air feadh Alba na bu thràithe air a' bhliadhna. Bha na chaidh a dhèanamh anns an Eilean Sgitheanach, Uibhist, Leòdhas agus Dùn Èideann air leth soirbheachail, agus tha toradh na h-obrach sin ga chraoladh an-dràsta air *Aileag* air BBC Radio nan Gàidheal.
1.21	**An Làrach-lìn agus TFC**
	Bidh mi a' cur ris an làrach-lìn mar a tha iomchaidh
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.5	**A' cumail oirnn a' lìbhrigeadh sreath de Fhèisean dràma Gàidhlig (CEA)**
	Tha sinn a' cur phlanaichean air dòigh an-dràsta airson obair dhràma ann an sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd is Earra Ghàidheal: • obair ann an sgoiltean Gàidhlig Earra Ghàidheal air pròiseact rèidio • obair ann an sgoiltean Rois, Chataibh, Inbhir Nis agus Bhàideanach air pròiseact rèidio le taic bho Eden Court • obair ann an sgoiltean Loch Abar is Earra Ghàidheal leis a' phròiseact dràma-stèidse bhliadhnail. Thàinig pròiseact Earra Ghàidheal is Loch Abar na bliadhna sa gu crìch san Ògmhios ann an Àth Tharracaill le feasgar de dhealbhan-cluiche Gàidhlig bho sgoiltean bho air feadh na sgìre.
	A' cumail taic ri co-dhiù 80 bùth-obrach dràma ann an coimhearsnachdan air feadh Alba (BnG)
	Faic gu h-àrd. Bidh sinn a' ruighinn na targaid seo tron obair dhràma seo.
	A' cumail Sgoil Shamhraidh Dràma Gàidhlig agus ag obair a dh'ionnsaigh aonta le MG ALBA airson tuilleadh leasachaidh proifeiseanta do dhaoine a nì an cùrsa (InG)
	Bidh sinn a' tòiseachadh air planaichean airson SSD2011 nas fhasige air deireadh na bliadhna, agus bidh mi a' bruidhinn ri MG Alba mar phàirt den deasachadh seo.
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2010 air a chumail, le co-dhiù 17 oileanach le Gàidhlig a' gabhail pàirt agus 100 san luchd-èisteachd aig an taisbeanadh mu dheireadh (BnG)

	Bha SSD2010 a cheart cho soirbheachail ri bliadhnaichean eile, le 17, aois 14 gu 16, a' gabhail pàirt. A dh'aindeoin na sanasachd a rinneadh ro-làimh, cha tàinig ach mu 40 a choimhead na h-oidhche thaisbeanaidh. Airson SSD2011 bidh sinn a' coimhead air na leanas: • chan eil sinn a' faighinn iarrtasan bho Leòdhas no na Hearadh • tha an luchd-teagaisg ag iarraidh gum bi an Sgoil nas fhaide • 's dòcha gum feum sinn taisbeanadh na h-oidhche mu dheireadh a ghluasad gu àiteigin eile gus barrachd a thàladh ann
	Ag obair ann an co-bhonn ri sgìrean Iomairt Cànain, ag amas a bhith an sàs le co-dhiù 1 phròiseact ùr anns gach sgìre (BnG)
	Tha sinn a' beachdachadh air diofar rudan airson seo a choileanadh, nam measg obair ann an àrd-sgoiltean a thaobh dràma.
	Bidh cuairt sgoiltean le Meanbh-Chuileag ann ma bhios maoin ann a cheadaicheas dhuinn a dhol air adhart
	Tha sinn fhathast a' feitheamh air freagairt bho BhnaG a thaobh maoineachadh airson cuairt mhòr a bheir timcheall 50 bun-sgoil sinn. Le dùil gun soirbhich leinn a thaobh seo, tha sinn mar-thà air ceisteachan a sgaoileadh air tidsearan gus beachdan fhaighinn air dè na cuspairean a bu fhreagarraiche do chloinn. Tha sinn air £4,000 fhaighinn bho CnES airson am pantomime *Marsaili agus a' Bhleideag Airgid* a thoirt timcheall thallaichean coimhearsnachd san Dùbhlachd.
2.13	**A' frithealadh air Deugairean sna Fèisean**
	'S e an Sgoil Shamhraidh Dhràma an iomairt as motha anns a bheil sinn an sàs a thaobh dheugairean, agus thathas air 50 duine òg a thàladh ann thar trì bliadhna. Bha deugairean ann an Dùn Èideann agus Leòdhas an sàs anns a' phròiseact dràma rèidio a chaidh a ruith ann an 2009/10. Tha an obair anns a bheil sinn an sàs airson Urras Nàiseanta na h-Alba ag amas air deugairean cho math ri clann na bun-sgoile.
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.3	**Obair Ghàidhlig sna sgoiltean**
	Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd tha sinn an sàs ann an grunn phròiseactan ann an sgoiltean air feadh Alba, agus tha sinn a' feitheamh airson dearbhadh air taic-airgid airson feadhainn eile: Dearbhte: • Pròiseact Dràma Rèidio Earra Ghàidheal • Pròiseact Dràma Rèidio Rois, Chataibh, Inbhir Nis agus Bhàideanach • Pròiseact Dràma Earra Ghàidheal agus Loch Abar • Panto sna h-Eileanan an Iar An crochadh air maoineachadh: • Cuairt Nàiseanta Mheanbh-chuileag • Obair ann an sgoiltean gus taic a thoirt don sgèama GLPS • Obair ann an sgoiltean a rèir planaichean BnaG airson Seirbhis Ealain Foghlaim

Luchd-obrach	**Aonghas MacLeòid**
Dleastanas	**Oifigear Dràma**
Ùine	**An t-Òg Mhìos – An t-Sultain 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (CEA)**

	Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo. Tha mi an sàs ann an Sgioba G a thaobh a bhith a' toirt taic aig Fèisean leithid Fèis Dhùn Èideann agus a thaobh a bhith ag ullachadh cur-seachadan agus geamannan. Tha mi air a bhith an sàs anns na clàraidhean airson leabhar-taice Gàidhlg ùr do dh'Fhèis Rois.
1.16	**A' cruthachadh Lìonra**
	A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, cothroman compàirteachais le buidhnean eile ann agus taobh a-muigh saoghal na Gàidhlig, agus a' leantainn oirnn ag obair sna raointean a th' ann a-cheana. (CEA) **BBC Alba** Tha deagh chàirdeas-obrach againn leis an sgioba riochdachaidh aig Aileag, BBC Rèidio nan Gàidheal as dèidh an obair a rinn sinn sa bhliadhna sgoile a dh'fhalbh air a' phròiseact dràma airson rèidio. Tha làn dùil againn obair a dhèanamh le sgioba riochdachaidh Aileag sa bhliadhna sgoile ri teachd agus beachdachadh a dhèanamh air cothroman co-obrachaidh eile aig BBC Rèidio nan Gàidheal. **Promote YT (Alba)** Tha mi air an liosta sgaoilidh aig Promote YT. Ghabh mi pàirt anns an dèireadh sheachdain trèanaidh 'Skill Up a ghabh àite aig Eden Court – Giblean 16-18 **NAYD** – Buidheann Nàiseanta Dràma na h-Òigridh, buidheann leasachaidh airson theatar òigridh/ dràma ann an Èirinn. Fhuair mi àite air cùrsa trèanaidh 'Making Connections' a ghabh àite ann am Baile a Chliath 16-20 Òg Mhios far an do dh'obraich mi còmhla ri oidean dràma bho air feadh na Roinn Eorpa a bh'ann far an d' fhuair mi eòlas mu sgilean agus bùthan-obrach a bhiodh feumail gus ceanglaichean a thogail eadar theataran òigridh le sùil iomlaid a dhèanamh. Bha mi an làthair aig a cho-labhairt '**Open Space**' a ghabh àite aig an RSAMD, Glaschu. 13/05/10 Bha coinneamh agam le Ruairidh MacNeacail bho '**Eden Court**' 25/08/10 a tha gu cunbhallach a' cumail bùthan-obrach drama le dèich bun-sgoiltean Gàidhlig ann an Taobh Tuath na Gàidhealtachd. Chaidh aontachadh gun tèid am pròiseact dràma airson rèidio a' lìbhrigeadh san Dàmhair as dèidh saor laithean na sgoile. Thèid a' chiad earran de sgoiltean a dhèanamh eadar an Dàmhair agus an Dùbhlachd agus an dàrna earran a dhèanamh eadar am Faoilleach agus a' Mhàirt. Ag obair ann an co-bhonn ri buidheann-stiùiridh Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig agus oifigear Ealain na Gàidhlig gus Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig ùrachadh agus adhartachadh (BnG). Bha mi an làthair aig coinneamh mu phròiseactan dhràma FnG le Brian O hEadhra, Oifigear Ealain na Gàidhlig (BnG) 26/08/10
1.21	**An Làrach-lìn agus TFC**
	Fhuair mi trèanadh ann an Sitekit air 24/08/10. Obair leantainneach air duilleagan-lìn ùr a thaisbeanas pròiseactan drama FnG.
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.5	**A' leasachadh Dràma Gàidhlig**
	A' cumail oirnn a' lìbhrigeadh sreath de Fhèisean dràma Gàidhlig (CEA)
	Tha sinn a' cur phlanaichean air dòigh an-dràsta airson obair dhràma ann an sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd is Earra-Ghàidheal: • obair ann an sgoiltean Gàidhlig Earra-Ghaidheal air pròiseact rèidio, ann an sgoiltean Rois, Chataibh, Inbhir Nis agus Bhàideanach air pròiseact rèidio le taic bho Eden Court
	A' cumail taic ri co-dhiù 80 bùth-obrach dràma ann an coimhearsnachdan air feadh Alba (BnG)
	Faic gu h-àrd. Bidh sinn a' ruighinn an targaid seo tron obair dhràma seo.

	A' cumail Sgoil Shamhraidh Dràma Gàidhlig agus ag obair a dh'ionnsaigh aonta le MG ALBA airson tuilleadh leasachaidh proifeiseanta do dhaoine a nì an cùrsa (InG)
	Bidh sinn a' tòiseachadh air planaichean airson SSD2011 nas fhaisge air deireadh na bliadhna.
	Sgoil Shamraidh Dràma 2010 air a chumail, le co-dhiù 17 oileanach le Gàidhlig a' gabhail pàirt agus 100 san luchd-èisteachd agi an taisbeanadh mu dheireadh (BnG)
	Bha SSD2010 a cheart cho soirbheachail ri bliadhnaichean eile, le 17, aois 14 gu 16, a' gabhail pàirt. A dh'aindheoin na sanasachd a rinneadh ro-làimh, cha tàinig ach mu 40 a choimhead na h-oidhche thaisbeanaidh. Airson SSD2011 bidh sinn a' coimhead air na leanas: • Chan eil sinn a' faighinn iarrtasan bho Leòdhas no na Hearadh • Tha an luchd-teagaisg ag iarraidh gum bi an sgoil nas fhaide • 's docha gum feum sinn an oidhche mu dheireadh a ghluasad gu àiteigin eile gus barrachd a thàladh ann
	Ag obair ann an co-bhonn ri sgìrean Iomairt Cànain, ag amas a bhith an sàs le co-dhiù 1 phròiseact ùr anns gach sgìre (BnG)
	Tha sinn a' beachdachadh air diofar rudan airson seo a choileanadh, nam measg obair ann an àrd-sgoiltean a thaobh dràma.
	Bidh cuairt sgoiltean Meanbh-Chuileag ann ma bhios maoin ann a cheadaicheas dhuinn a dhol air adhart
	Tha sinn fhathast a' feitheamh air freagairt bho BhnaG a thaobh maoineachadh airson cuairt mhòr a bheir timcheall 50 bun-sgoil sinn. Le dùil gun soirbhich leinn a thaobh seo, tha sinn mar thà air ceisteachan a sgaoileadh air tidsearan gus beachdan fhaighinn air dè na cuspairean a bu fhreagarraiche do chloinn. Tha sinn air £4,000 fhaighinn bho CnES airson am pantomime Marsaili agus a' Bhlèideag Airgid a thoirt timcheall tallaichean coimhearsnachd san Dùbhlachd.
2.13	**A' frithealadh air Deugairean sna Fèisean**
	'S e an Sgoil Shamhraidh Dhràma an iomairt as motha anns a bheil sinn an sàs as thaobh dehugairean, agus thathas air 50 duine òg a thàladh ann thar trì bliadhna. Dh' obraich mi còmhla ri sgoilearan ann an S1 aig Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig, Sgoil Shiaboist agus Sgoil Lionail a ghabh pàirt anns a' phròiseact dràma airson rèidio a chaidh a chumail sa bhliadhna sgoile 2009/10. Am bliadhna-sa bha mi an sàs le bùthan-obrach dràma aig Fèis Rois, Fèis Dhùn Èideann agus Fèis an Earraich. Tha an obair anns a bheil sinn an sàs airson Urras Nàiseanta na h-Alba ag amas air deugairean cho math ri clann na bun-sgoile.
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.3	**Obair Ghàidhlig sna sgoiltean**
	Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd tha sinn an sàs ann an grunn phròiseactan ann an sgoiltean air feadh Alba, agus tha sinn a' feitheamh airson dearbhadh air taic-airgid airson feadhainn eile: Dearbhte: • Pròiseact Dràma Rèidio Earra Ghàidheal • Pròiseact Dràma Rèidio Rois, Chataibh, Inbhir Nis agus Bhàideanach • Panto sna h-Eileanan an Iar An crochadh air maoineach: • Cuairt Nàiseanta Mheanbh-chuileag • Obair ann an sgoiltean gus taic a thoirt don sgeama GLPS • Obair ann an sgoiltean a-rèir planaichean BnaG airson Seirbhis Ealain Foghlaim

Luchd-obrach	**Nicola Simpson**
Dleastanas	**Ard Oifigear Leasachaidh**
Ùine	**An t-Ògmhios – An t-Sultain 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach**
	Mar a bha sinn an dùil, chuir Fèis a' Chaolais an leabhar ùr aca air bhog anns an t-Ògmhios le ceilidh ann an Talla bhaile Drochaid a' Bhana le mòran dhuine bhon coimhearsnachd agus a bha ag obair air a' phròiseact an làthair. Thachair Fèis na h-Òige anns a' chiad seachdain de làithean-saora na sgoile le 26 com-pàirtichean, thachair Fèis Chataibh aig an aon àm agus bha 100 com-pàirtichean an sin. Tha mi ag obair còmhla ris an dà Fèis seo air na planaichean aca airson na mìosan a tha tighinn. Bidh Fèis a' Bhaile, Fèis Rois agus Fèis Spè a' gabhail àite ann an làithean-saora na sgoile agus bidh mi a' toirt cuideachadh agus stiùireadh dhaibh, ma tha feum aca. Am mìos seo, bha mi aig na coinneamhan bhliadhnail aig Fèis Mhoireibh agus Fèis na h-Òige agus bidh an dà chomataidh a' cur fàilte air buill ùra. An dèidh iarrtais soirbheachail gu Bòrd na Gàidhlig às leth Fèis Air an Oir, bidh iad a ruith barrachd clasaichean agus bùthan-obrach sònraichte a' deasachadh airson am Mòd Ghallaibh. Anns an Lùnastal, bha mi an sàs ann an agallamhan airson am manaidsear ùr aig Fèis Rois.
1.2	**Co-dhìu aon neach gu bhith air fastadh tro sgeama nan oileanach no greis gnìomhachais aig CnaG**
	Tha mi air a' bhith ag obair gu dlùth leis an dithis oileanaich a bha còmhla rinn airson an t-samhraidh. Bha iad ag obair mar cho-ordanichean airson na Cèilidhean air Chuairt agus obraich iad gu math cruaidh.
1.4	**A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal**
	Eadar seo agus am Faoilleach bidh mi a' cur air dòigh coinneamhan leis na Fèisean anns an sgìre agam airson formaichean-iarrtas 2010/11 a chrìochnachadh agus planaichean a chur air dòigh airson an ath bhliadhna.
	Oifigearan Leasachaidh air a chumail ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid agus sna h-Eileanan Siar
	Bidh mi fhathast a' toirt stiùireadh làitheil don Sgioba Leasachaidh. Dh' obraich mi le Christine agus Jenna airson iarrtasan soirbheachail a chuir gu Bòrd na Gàidhlig agus Awards for All.
1.6	**Àrachas**
	Anns an t-Ògmhios chaidh mi gu co-labhairt 'A Sense of Place' air a ruith le Children in Scotland. Bha iad a dèanamh sgrùdadh air seirbheisean airson clann ann an àiteachan dùthchail agus bha e gu math inntinneach.
1.12	**A' cruthachadh 2 Fhèis ùr sna Sgìrean Dùbhlanach aig InG**
	Tha mi air a bhith ag obair leis am buidheann ùr 'Am Parbh' ann an Scourie airson Fèis ur a' thòiseachadh anns an sgìre aca. Fhuair iad taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig agus tha mi ag obair còmhla riutha airson iarrtas – ballrachd a chuir gu Fèisean an Gàidheal. Bidh a chiad Fhèis aca a' tachairt ro deireadh a Mhairt.
1.13	**A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis fa leth mar obair leudachaidh an lùib Fèis Bharraigh, Fèis Spè agus Fèis a' Bhaile**
	Tha mi fhathast ag obair gu dlùth le Fèis Spè 's bidh an ath-choinneamh agam còmhla ri na oifigearan leasachaidh aca an seachdain seo airson sùil a' cur air am plana- leasachaidh aca, maoineachadh airson an ath bhliadhna agus pròiseactan ùra aca. Anns an Lùnastal bha Fèis Spè a sàs an pròiseact le Fèis Mhoireibh airson Speyfest. Bidh làrach-lin ùra aig Fèis Spè – www.feisspe.org.uk
1.15	**Pròram Trèanaidh Bliadhnail**

	Ghabh mi pàirt ann an seisean trèanadh, gu math cuideachdail, le Ronan Martin o chionn goirid air an cuspair Dealbhachadh Graifigeach agus Margaideachd. Cuideachd, rinn mi leth-latha air trèanadh Sitekit anns an Lùnastal còmhla ri na luchd-obrach eile.
1.19	**A' togail air ìomhaigh nam Fèisean sna meadhanan, le co-dhiù dusan sgeulachd naidheachd ionadail / roinneil, agus trì sgeulachdan naidheachd nàiseanta, agus aon sgeulachd mhòr a bhios air a sgaoileadh feadh Bhreatainn gach bliadhna**
	Sgrìobh mi iomadach brath-naidheachd anns na mìosan a' chaidh seachad airson rudan mar na Cèilidhean air Chuairt, Canntaireachd agus am Fèis Pìobaireachd aig Fèis na h-Òige agus bha iad uile anns na naidheachdan ionadail. Fhuair Canntaireachd agus aon compartich bho Cèilidhean air Chuairt Earra-Ghàidheal cothrom a' bhith air am pròg ram rèidio 'Rapal' am mìos seo chaidh.
2	**Leasachaidhean ùra**
2.4	**A' dèanamh cinnteach à dealas don Ghàidhlig am measg Fhèisean ùra**
	Bidh mi ag obair còmhla ri Am Parbh (Fèis an Iar Thuath) anns na mìosan a tha tighinn airson a bhith cinnteach gum bi Gàidhlig follaiseach aig an Fhèis aca.
2.6	**Ann am compàirt ri Fèisean, a' leantainn oirnn le taic do Chuairtean Cèilidh**
	Bidh mi a' leantainn le obair còmhla ri LEADER airson maoineachadh fhaighinn airson am pròiseact Slighean Ùra. Bha sia Cèilidhean air Chuairt ann am bliadhna seo agus rinn iad barrachd air ceud tachartais thairis air na Gàidhealtachd. Thachair Fèis Alba anns a' Phloc a-rithist am bliadhna seo agus chaidh na Cèilidhean air Chuairt air fad don Fhèis airson trèanadh ro an turas aca fhèin. Anns an Iuchar agus An Lùnastal thadhal mi air iomadach tachartas Cèilidhean air Chuairt airson cuideachadh le aire, taic a thoirt do chom-pàirtichean agus do cho-òrdanaichean agus airson dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan cho math 's a ghabhas.
	A' leudachadh agus a' neartachadh Chuairtean Cèilidh nam Fèisean, an lùib seo bithear a' co-òrdanachadh agus a' dèanamh sanasachd air an iomairt gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta agus mar a tha i a' cur ri turasachd chultarach
	Tha làrach-linn ùr aig na Cèilidhean air Chuairt a-nis mar pàirt den pròiseact leasachaidh aca. Rinn mi mòran obair còmhla ri Donna MacRae airson seo agus bidh mi a' dèanamh barrachd obair air airson an ath bhliadhna. A' bharrachd air na cèilidhean agus consairtean ionadail, bha na Cèilidhean air Chuairt air fad an sàs ann an iomadach tachartasan mòra tro an t-samhraidh mar Hebcelt, Belladrum agus am Fringe ann an Dùn Èideann. Anns an Iuchar bha mi air turas còmhla ri Cuairt Chèilidh Ionadail Fèis Rois. Bidh luchd-ciùil bho Cèilidhean air Chuairt sa Mhonaidh Ruadh a' cluich aig an 'World Adventure Travel Summit' anns an An Aghaidh Mhòr anns an Dàmhair.
2.10	**A' clàradh, a' dèanamh margaideachd air agus a' reic CD le ceòl traidiseanta is seinn Ghàidhlig tro iomairt nam Fèisean airson sgrìobhadh òrain**
	Mar phàirt de dh'Fhèis Alba am-bliadhna bha seiseanan ann an sgrìobhadh òran, air an stiùireadh le Blair Douglas. Bha seo gu math soirbheachail agus tha mi dòchasach gum bi sinn a' leasachadh seo an ath bhliadhna. Tha mi an dòchas gum bi mi ag obair còmhla ri Fèis na h-Òige airson deireadh-seachdain seinn a chuir air dòigh an ath-bhliadhna agus tha dùil agam gum bi sgrìobhadh òrain pàirt den tachartas.
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.6	**A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a nì sanasachd air ar n-obair**

	Bidh mi ag obair còmhla ri an sgioba -leasachaidh airson tachartas a cuir air dòigh airson Latha Naomh Anndra. Bha an comhlan òg Canntaireachd aighearach nuair a bha cothrom aca a' cruinneachadh agus a' seinn còmhla ri an comhlan -ciùil, Ameireaganach 'The Low Anthem' nuair a bha iad ann an Inbhir Nis o chionn ghoirid, mar pàirt den turas UK aca. Bha compàirtichean an bho Fhèis Spè a' cluich aig an Fhèis 'Insider anns an t-Òganmhios.
3.8	**Leasachadh Blas – A' togail bratach na Gàidhealtachd**
	Tha mi fhathast a' dol gu coinneamhan Blas mar riochdaire na Fèisean agus bha mi aig tòrr consairtean mar 'Blas Rep' air feadh an Fhèis am bliadhna seo. Bha com-pàirtichean bho Fèis na h-Òige agus Fèis a' Bhaile an sàs ann an Fhèis Bhlas am a-rithist am bliadhna seo agus bha iad gu math toilichte gun robh an seinneadair ainmeil Julie Fowlis an stiùiriche - ciùil aca. A' bharrachd air na Fèisean, bha còig a-mach a sia còmhlanan Cèilidhean air Chuairt an sàs ann am Blas 2010.

Luchd-obrach	**Caoimhin Rodgers**
Dleastanas	**Oifigear Leasachaidh Lochabair**
Ùine	**An t-Òg Mhios – An Lùnastal 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh pròg ram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (CEA)**
	• Tha mi air a bhith a' cumail conaltradh gu math trìc ris na Fèisean agam • Chaidh mi gu coinneamhan Fèis Lochabair, Fèis Ghlaschu, Fèis Gleann Albainn agus Fèisean Oigridh na Mara 'sna trì miosea a dh'fhalbh. • Chaidh mi gu Fèis nan Garbh Chrìochan agus Fèis Gleann Albainn a' toirt seachad cuideachaidh far an robh feum air. • Cuideachd, bha mi aig coinneamh am buidhean Stiùiridh airson Fèisean ann an Lochabair san Lunasdal agus tha sinn air a bhith ag obair air Fèis nan Deugaire a chuir air dòigh agus dreuchdan ùr cuideachd. • Chuir mi seachad trì laithean aig Fèis Lannraig a Tuath. • Bha mi 'n sàs gu mòr leis na Cèilidhean air Cuairt a thainig gu crìoch san Iuchar le turas timcheall air Lochabair. • Tha mi air a bhith a' bruidhinn agus ag obair còmhla ri Emily Edwards agus Ronan Martin gus crìoch a chuir air am prioseact Tasglann a bhios a' coimhead air Lochabar.
1.3	**Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean**
	• Chuidich mi le iarrtas a chuir a-steach dhan sgeama bho Fèis Innis an Uillt. Ged nach robh riad bulach soirbheachail thathar fhathast an dòchas gum faigh sinn ruideigin a-mach às. • Chuir mi a-steach iarrtas às leth Fèis Lochabair a' sireadh airgead airson Fèis nan Deugaire.
1.4	**A' toirt taic do dhaoine Saor thoileach** • Bidh mise a' frìthealadh co-dhiù coinneamh aig gach fèis gach bliadhna cho math ris na coinneamhan blidhnail aca. • Tha mi air a dhèanamh soillear gu gach fear de na Fèisean agam gu bheil mi 'n còmhnaidh ann ri fhaighinn agus thug mi airmhean pearsanta agam do co-dhiù aonan a-mach à gach comataidh. • Tha e na phairt den phlana agam leasanan Ùlpan a thoirt seachad do bhuill aig nach eil Gàidhlig.

	• Tha mi cuideachd a' coimhead air dòigh ùr a làimhseachadh na h-uairean bliadhnail (gu h-àiridh airson Fèis Lochabair). Ma tha sinn soirbheachail, bidh cuideigin ùr san sgìre aig a bhios an uallach a bhith a' coimhead as dèidh na clasaichean leanntanach agus am planna Gàidhlig againn a' cuir an gnìomh.
1.11	**A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach**
	• Bidh mi a' sgrìobhadh naidheachdan dhan làrach co-dhiù gach co-là dheug agus a' cuir riutha an uair a tha feum ann. • Bidh mi a' cuir air adhart gach pios fiosrachaidh a bhios a' tighinn thugam gus dèanamh cìnnteach gu bheil fios aig na Fèisean dè tha tachart.
2	**Leasachaidhean ùra**
2.3	**A' cruthachadh shiùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal**
	Tha mi air a bhith a' briudhinn ri LEADER Highland mu dheidhinn proiseact ùr a chì cuideigin ùr fhasdach a bhios a' coimhead air am planna Gàidhlig agus ga chuir an gnìomh.
2.6	**Taic a' leantainn do Chuairtean Cèilidh nam Fèisean**
	Dh' obraich mi gu dlùth ris an co-ordanaiche agus am priomh ceòlaidear (agus na ceòlaidearan eile) air feadh an t-samhraidh gus poiseact soirbheachail a lìbhreagadh.
2.13	**A' frithealadh air Deugairean sna Fèisean**
	• An drasta, tha mi ag obair còmhla ris am buidhean stiùiridh (Fèisean ann an Lochabair) gus Fèis nan Deugairean a chuir air dòigh. Gabhaidh an tachart àite eader 22 -24mh An Dàmhair aig Bunsgoil Taobh Lochaidh. • Chuir mi a-mahc barrachd air ceud lìtreachan agus chuir mi na freagairtean ann an òrdugh gus fios a bhith againn air dìreach dè bha na deugairean a'g iarraidh bhuainn. • Tha mi air sgioba air leth math a chuir ri cheile airson an tachart seo.
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.1	**Cùmhnant Iomairt Ciùil na h-Òigridh ann an Roinn na Gàidhealtachd**
	Bidh mi a' bruidhinn ris an oifigear YMI gu math trìc agus bithidh mi a' frthealadh clasaichean san t-Samhain gus fios a bhith agam mar a tha iad air an lìbhreagadh.

Luchd-obrach	**Jenna Mhoireasdan**
Dleastanas	**Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar**
Ùine	**An t-Ògmhios – An Lùnastal 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach** Tha àireamh nan com-pàirtichean a' frithealadh nam Fèisean air a bhith sìos am-bliadhna leis an droch thìde agus trioblaidean innealach nam bàtaichean-aiseig, 's e a' fàgail luchd-turais car amharasach tadhal air na h-Eileanan an Iar. A dh'aindheoin seo, bha gu leòr an làthair aig na Fèisean airson measgachadh tarraingeach de chlasaichean a ruith aig gach Fèis a bha air an gabhail le sgioba ealanta de luchd-teagaisg Chaidh clas ùr obair-bhuidhne a chur air bhog mar phàirt de dh'Fhèis Tìr an Eòrna airson clann nas sine le sgilean ciùil adhartach. Tha comataidh na Fèise air adhartas a dhèanamh airson barrachd cuideachadh iarraidh bho phàrantan rè na seachdain cuideachd. The Fèis Tir a' Mhurain airson barrachd cothroman a thabhann do dheugairean anns an sgìre. As t-samhradh dh'ullaich sinn iarrtas le chèile gu Bòrd na Gàidhlig, a' sireadh taic-airgid bhuapa airson còmhlan cèilidh a stèidheachadh anns an sgìre. Bha an t-iarrtas soirbheachail agus thèid sreath de chlasaichean obair-bhuidhne a ruith ann an Uibhist a Deas. Anns na mìosan ri thighinn thèid taic-airgid a bharrachd a lorg airson innealan-ciùil a cheannach an dèidh iarrtas neo-shoirbheachail a thilleadh bho Awards for All.

	Chuir muinntir Fèis Eilean an Fhraoich pròram de thachartas oidhche air dòigh rè seachdain na Fèise airson ceann-bliadhna 20 bliadhna den Fhèis a chomharrachadh. Nam measg, bha dannsa fosglaidh le Deoch 'n' Dorus, cèilidh theaghlaich ann am Barbhas agus Brù agus Arcadian Strip the Willow a chaidh a chumail feasgar Diluain ann an talla na sgoile.
1.4	**A' cumail oirnn le sùil taice ionmholta do dh' Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh' Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh' innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal**
	Nuair a bha mi a' tadhail air na Fèisean as t-samhradh thug mi seachad òraid ghoirid mu phoileasaidh Gàidhlig na buidhne airson mìneachadh a thoirt dhaibh air na leasachaidhean ùra. Chuir mi leth-bhreacan den phoileasaidh timcheall agus fiosrachadh mun a' cheisteachan a tha air-loidhne an-dràsta. Thairis air mìosan an t-samhraidh tha mi air a bhith a' bruidhinn ri na Fèisean mu dheidhinn buidheann stiùiridh a chur air bhonn anns na h-Eileanan an Iar. Tha mi air diofar bheachdan fhaighinn mun leasachadh ach tha mi airson an ceum a tha seo a leanntainn airson ceangal nas laidire a chruthachadh eadar na Fèisean agus mi fhèin. Le buidheann den leithid air a cruthachadh bhiodh cothroman conaltraidh nas fheàrr ann agus bheireadh e cothrom dha na Fèisean: beachdan agus eòlas a thoirt seachad, cur ri planaichean airson taisbeanaidhean sònraichte, còmhradh air pròiseactan eadar Fèisean agus rannsachadh a dhèanamh air leasachaidhean ùra a chruthachadh gus ceòl traidiseanta a thabhann anns an sgìre. Eadar an t-Earrach 2011 agus an t-Earrach 2012 bidh na h-Eileanan an Iar an sàs ann an 'Eileanan Alba,' iomairt a bhios air a lìbhrigeadh le sia Ùghdarrasan Ionadail le coimhearsnachdan eileanach, le taic bho riochdairean bhuidhnean nàiseanta agus Riaghaltas na h-Alba nam measg. Leis gu bheil an iomairt a ruith an ath-bliadhn' tha mi air dreach plana leasachaidh a chruthachadh agus a sgaoileadh am measg nam Fèisean agus mi an dòchas cuid de na pròiseactan a chur an gnìomh mar bhuidheann.
1.13	**A' toirt seachad taic do leasachadh nam Fèisean, no buidhnean de dh' Fheisean a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeiliche**
	Tha Gillian Hamill air co-dhùnadh a ruighinn gus leigeil dhith a dreuchd mar neach-rianachd na Fèise ann am Barraigh. Dh'ullaich Gillian iarrtas airson sgeama Lloyds TSB, a' sireadh taic-airgid airson dreuchd pàrt-ùine a ghlèidheadh ann am Barraigh ach tha comataidh na Fèise fhathast a' feitheamh freagairt bhuapa. Le chèile, tha sinn air pasgan-iarrtais a chur ri chèile le plana-obrach agus foirm-iarrtais na chois agus sanas a chur anns a' phàipear ionadail aca, 'Guth Bharraigh'
1.16	**A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, cothroman compàirteachais le buidhnean eile ann agus taobh a-muigh saoghail na Gaidhlig, agus a' leantainn oirnn ag obair sna raointean a th' ann a-cheana, Fòram Ciùil Traidiseanta na h-Alba nam measg**
	Thairis air mìosan an t-samhraidh tha mi air a bhith a' còmhradh le Màiri Anna Chaimbeul agus Marion NicMhathain, a tha stèidhichte ann an Uibhist a Deas agus sinn airson pròiseact a ruith le chèile anns an sgìre. Tha Màiri Anna ag obair le Comunn na Gàidhlig mar Oifigear Iomairtean Gàidhlig agus tha Marion air a fastadh le buidheann choimhearsnachd mar Oifigear Leasachaidh Òigridh. Tha Bòrd na Gàidhlig air taic-airgid a thoirt dhuinn airson tachartas 1 ½ latha a chur air dòigh eadar 29 & 30 dhen Dàmhair a bhios air a lìbhrigeadh anns a' Ghàidhlig. Gheibh sgoilearan àrd-sgoile dòrlach de chlasaichean eadar-dhealaichte – òrain Ghàidhlig (le òrain Luaidh aig a chridhe), fidheall, pìob-mhòr, dannsa sràide agus togail dhealbhan. Air feasgar Disathairne thèid seisean a chumail eadar na h-oifigearan agus com-pàirtichean gus tomhais dè a tha òigridh na sgìre ag iarraidh a thaobh thachartasan ann an Uibhist agus dè seòrsa chlasaichean a bhiodh tarraingeach dhaibh. Ma tha an tachartas soirbheachail tha sinn airson airgead a shireadh airson pròiseact eile a ruith as t-Earrach.
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.2	**Leantainn le bhith a' cur Poileasaidh Gaidhlig Fèisean nan Gaidheal an gnìomh agus seirbheis taic Gàidhlig a thoirt seachad do na Fèisean air fad tro luchd-obrach agus pròiseactan sònraichte a-rèir an iarrtais**

	Bha e follaiseach, nuair a bha mi a' tadhail air na Fèisean, gu bheil na Fèisean a dèanamh adhartas airson inbhe na Gàidhlig a thogail am measg na h-òigridh le Fèis Tìr an Eòrna a' cur clas ùr air dòigh airson cothrom a thoirt dha clann òrain Ghàidhlig a sgrìobhadh. Chuir Fèis Bharraigh sreath tarraingeach de chlasaichean Sgioba-G air adhart airson a h-uile pàisde a bha an làthair le taic bho Lauren Tait. Tha Fèis Tir a' Mhurain a' leantainn orra le bhith a' toirt seachad clasaichean anns a' Ghàidhlig a-mhàin agus tha Fèis Eilean an Fhraoich a' dèanamh adhartas gus luchd-teagaisg fhastadh aig a bheil Gàidhlig, cho math 's as urrainn dhaibh.
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.6	**A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a nì sanasachd air ar n-obair**
	Fhuair a' chomhlain Oidhche Chiadain cliù mìorbhaileach as t-samhradh nuair a chaidh iarraidh orra Fèis Cheilteach Innse Gall na bliadhna fhosgladh le consairt a mhair uair a thìde. Chaidh a' chonsairt a chumail anns an Lanntair le na tiocaidean gu lèir air an reic ro thoiseach na cuirme. Tha an Fhèis Cheilteach, a chomharraich ceann bliadhna 15 bliadhna san Iuchar, air iomadh chothrom a thoirt dha na Fèisean anns a' cheithir bliadhna a chaidh seachad, airson feum a chur air an Fhèis airson bùthan-obrach airson deugairean a ruith, cothroman taisbeanaidhean a thabhann dhan òigridh agus ceanglaichean a chruthachadh eadar deugairean ann an Ulapul, Sealtainn agis Arcaibh.

Luchd-obrach	**Christine MacIntyre**
Dleastanas	**Oifigear Leasachaidh**
Ùine	**An t-Ògmhios – An Lùnastal 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh prògram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach**
	• A' cumail suas ceangal ris na Fèisean agam • Aig coinneamhan mu na Cuairtean Cèilidh • Chuir mi seachad seachdhain anns a' Phloc le òigridh nan Cuairtean Cèilidh • A' cumail sùil air a' chòmhlan aig dannsa nan Garbh-chrìochan • Bha mi aig Fèis Arainn • A' coimhead as dèidh nan deugairean air a' Chuairt Chèilidh aig Earra Ghàidheal • Aig coinneamhan còmhla ri Nicola Simpson • Aig coinneamhan Fèis Latharna airson cùisean a chur air dòigh airson 2011 • Choinnich mi ri tè bhon RSAMD airson bùth-obrach dràma a chur air dòigh
1.3	**Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean**
	• Chuidich mi tabhartasan fhaighinn airson na Cuairt Chèilidh aig Earra Ghàidheal • Le cuideachd bho Nicola, thuair mi taic airgid bho Awards 4 All airson Fèis Ìle • Fhuair mi suim bheag airgid bho Bhòrd na Gàidhlig airson dràma aison Fhèis Ìle
1.4	**A' toirt taic do luchd-obrach saor-thoileach**
	• Chuir mi air dòigh stòr-dàta de luchd-teagaisg airson na coimhearsnachd agam fhìn • Choinnich mi ris na comataidhean aig na Fèisean agam gu math tric • Chuir mi a mach lebhreacan le tòrr fiosrachaidh • A' brosnachadh malairt eadar na Fèisean agam • A' cuideachadh dhaoine às na Fèisean agam a' tadhal air Fèisean ann an sgìrean eile
1.11	**A' cur ri cheile agus a' sgaoileadh agus a' reic stuthan-foillsichte**
	• Bi mi a cur a mach artaigilean agus dealbhan gu Faileas • Bha mi aig trèana a choin ghoirid airson "site kit" agus leis a sin theid agam air stuth a chuir air an eadar lion aig Fèisean nan Gàidheal • Tha tòr dhealabhan agam air a storadh
1.13	**Taiceil do leasachadh nam Fèisean, no buidhnean de dh'Fheisean a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeiliche**

	• Thug mi seachad cuideachadh do Fhèis Ìle agus bidh mi a' toirt taic dhaibh dràma a chur air bhonn • Bidh mi a' co-obrachadh ri Fèis Dhùn Bhreatainn airson luchd-teagaisg Gàidhlig fhastadh • Bidh mi a' cuideachadh Fèis Dhùn Omhain bùithean-obrach Gàidhlig a chur air bhonn
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.3	**A' cruthachdah shùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal**
	• Thug mi cuideachadh seachad do Fhèis Arainn airson barrachd Gàidhlig a bhith aca aig an Fhèis • Fhuair mi neach teagasg dhrama Gàidhlig do Fhèis Dhùn Bhreatainn • Bi mi a brosnachadh luch teagasg Gàidhlig a chleachadh
2.6	**Taic a' leantainn do Chuairtean Cèilidh nam Fèisean**
	• Bha Cuairt Chèilidh aig Earra Ghàidheal airson a chiad turas am-bliadhna • Thug mi taic dhaibh fad 's a bha iad anns a' Phloc agus bha mi a' coimhead às an dhèidh fad na Cuairt Chèilidh • Bha mi a' taraing tòrr dhealabhan agus rinn mi agallamh neo dhà airson TBh
2.13	**A' frithealadh air Deugairean sna Fèisean**
	• Ag obair còmhla ri Fèis Ìle airson dràma a chur air bhonn • A bruidhinn ri RSAMD airson bùithean-obrach dràma • A' còmhradh ris an Àrd-sgoil airson deugairean pàirt a ghabhail anns an Fhèis Dhràma
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
	• A' bruidhinn ri Dòmhnall MacLeòid Oifigear Foghlaim Earra Ghàidheal airson barrachd co-obrachaidh • A' bruidhinn ri QIO Earra Ghàidheal cuideachd airson barrachd co-obrachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Co-labhairt agus Coinneamh Bhliadhnail 2010
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2010.05(b)

Adhbhar a' Phàipeair
Airson fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mun phròg ram airson Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt na buidhne.

Pròg ram airson a' Cho-labhairt agus Coinneamh Bhliadhnail 2010
Tha pròg ram airson na coinneimh bhliadhnail agus co-labhairt air a chuairteachadh.

Bidh a' Choinneamh Bhliadhnail a' tachairt aig 6.30f air Dihaioine 24mh agus bidh Anndra Dixon bho Alba Chruthachail a' bruidhinn ro dhìnneir, mu 7.30f.

Tha tachartasan air an cur air dòigh airson madainn Disathairne cuideachd, nam measg seiseanan air cultar sgìre Ulapul agus Coigich.

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don phròg ram airson na co-labhairt agus coinneamh bhliadhnail.

Art MacCarmaig
Ceannard
Sultain 2010

Fèisean nan Gàidheal

Co-labhairt agus Coinneamh Bhliadhnail Conference and Annual General Meeting
An Ionad Chèilidh, Ulapul The Cèilidh Place, Ullapool
Dihaoine 24 agus Disathairne 25 Sultain 2010 Friday 24 and Saturday 25 September 2010

Dihaoine 24 Sultain
Friday 24 September

14.00 Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh
14.00 Meeting of Board of Directors

18.30 A' Choinneamh Bhliadhnail
18.30 Annual General Meeting

19.15 Deoch ro-dhìnneir agus ceòl bho Cuairt Chèilidh Fèis Rois
19.15 Pre-dinner drinks and entertainment by Fèis Rois Cèilidh Trailers

19.30 Andrew Dixon, Chief Executive, Creative Scotland
19.30 Anndra Dixon, Ceannard, Alba Cruthachail

20.00 Dìnneir agus Cèilidh
20.00 Dinner and Cèilidh

Disathairne 25 Sultain
Saturday 25 September

10.00 Sgeulachdan bho Ali Beag MacLeòid
10.00 Storytelling with Ali Beag MacLeòid

10.45 Tì/Cofaidh
10.45 Tea/Coffee

11.00 Tadhail air an taigh-tasgaidh
11.00 Visit to Museum (half and half with optional switchover at 12.00)

12.00 Cuairt a' Bhaile
12.00 Tour of the Village

12.45 Lòn
12.45 Lunch

Fèisean nan Gàidheal

Iarrtas Ballrachd

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2010.05(c)

Adhbhar a' Phàipeir

Tha Fèis ùr air iarrtas a chur thugainn airson ballrachd agus tha feum air aonta bhon Bhòrd do bhuill ùr sam bith.

Bun Fhiosrachadh

Tha iarrtas air tighinn bhon chomataidh Fèis an Iar Thuath a tha ag iarraidh Fèis a stèidheachadh.

Policy

Fon chùmhnant a th' againn le Comhairle Ealain na h-Alba/Alba Chruthachail tha dleastanas oirnn a bhith ag obair air feadh na dùthcha agus a bhith a' dol a-steach gu sgìrean far nach eil sinn ag obair an-dràsta. Bhon taobh seo, bu chòir dhuinn a bhith taiceil dhan iarrtas a tha seo.

Anns a' chùmhnant a th' againn le Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (InG), tha againn ri dà fhèis ùr a stèidheachadh ro 2012 anns na coimhearsnachdan a tha air an comharrachadh mar Sgìrean Dùbhlanach. Tha an sgìre seo ann an Cataibh na sgìre dhùbhlanach agus tha an iarrtas mar thoradh air cuairt a ghabh cuid de na buidhnean Gàidhlig dhan sgìre sa Mhàrt am-bliadhna.

Tha aon chunnart an lùib an iarrtais seo agus 's e sin gum biodh feum air taic airgid airson tachartasan sam bith, agus dh'fheumadh sin a tihghinn bhon bhuidseat stèidhichte a th' againn airson tabhartasan nam Fèisean.

An dèidh breithneachadh air a' chùis, thathar a' moladh a ghabhail ris an iarrtas leis gu bheil e air tighinn bho choimhearsnachd a tha ag amas a dhol an-sàs ann an leasachaidhean Gàidhlig, le Fèis mar phàirt dhe sin.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill gabhail ris an iarrtas seo airson ballrachd de dh'Fhèisean nan Gàidheal.

Arthur Cormack
Ceannard
Sultain 2010

Iarrtas Ballrachd – Membership application

Airson ballrachd a thoirt a-mach le Fèisean nan Gàidheal, feumaidh sinn fiosrachadh fhaighinn bhuaibh a leigeas leinn cead a' Bhùird-Stiùiridh againn fhaotainn ballrachd a thoirt dhuibh. Ma bhios sibh soirbheachail bidh na cùnnraidhean a leanas an cois ur ballrachd.

To be considered for membership of Fèisean nan Gàidheal, we need to get some information from you which will allow us to get approval from our Board of Directors to offer you membership.

1. **Feumaidh gach fèis a bhith a' cur air dòigh cothroman-teagaisg airson òigridh eadar 8 agus 18, le Gàidhlig na pàirt gu math mòr nan lùib, a bharrachd air ceòl bhon dhualchas Gàidhlig agus òrain Gàidhlig a theagasg. Chan urrainnear taic a chumail ri fèisean a tha gu tur airson inbhich.**

   All Fèisean applying for membership must be tuition-based, for young people aged 8-18, with a significant Gaelic language element, as well as tuition of music and song from the Scottish Gaelic tradition. Please note that we cannot support activities specifically for adults.

2. **Feumaidh gach fèis Plana Gàidhlig a chur thugainn, a bhios a' mìneachadh an dòigh anns am bi iad a' fighe a' Ghàidhlig a-steach do gach nì a tha iad a' dèanamh. Tha Poileasaidh Gàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal – a tha ri fhaighinn air an CD a tha an lùib seo - a dh'fheumas gach fèis a leantainn.**

   All Fèisean must submit a Gaelic Plan to us, detailing how they aim to incorporate Gaelic into all their activities. Fèisean nan Gàidheal has a Gaelic Policy – which is available on the accompanying CD - with which all Fèisean are expected to comply.

3. **Feumaidh gach fèis a bhith deònach gabhail ris Poileasaidh Cùram Chloinne Fèisean nan Gàidheal. Gheibhear leth-bhreac air a' CD an lùib seo. Feumaidh Oifigear Cùram Chloinne a bhith agaibh - cuideigin air a' chomataidh a bhios deònach dèiligeadh ri gnothaichean cùram chloinne. Feumaidh gach neach a tha air a' chomataidh a' dol tro sgrùdadh àrd ìre le Disclosure Scotland.**

   All Fèisean will be required to comply with Fèisean nan Gàidheal's Child Protection Policy, a copy of which is on the accompanying CD. All Fèisean must appoint a Child Protection Officer - a member of the committee who is responsible for ensuring the Child Protection Policy is implemented and records are kept up to date. Enhanced disclosure checks are a requirement for all Fèis tutors and all volunteers.

4. **Feumaidh gach fèis a bhith ag obair taobh a-staigh amasan Fèisean nan Gàidheal a tha air am mìneachadh gu h-ìseal.**

   Each fèis must also be willing to act within the aims and objectives of Fèisean nan Gàidheal, which are detailed below.

Ar dualchas ... ar n-òigridh

'S e caidreabh neo-eisimeileach nàiseanta de dh'Fhèisean teagaisg ionadail a th' ann am Fèisean nan Gàidheal

Tha Fèisean ann a dh'aona-ghnothaich gus dualchas is cànan nan Gàidheal a theagasg do dhaoine òga ann an suidheachadh spòrsail is sàbhailte.

Amas Fèisean nan Gàidheal

Tha e mar amas dhan bhuidhinn gum bi ealain, cànan is dualchas nan Gàidheal rim faotainn agus air am meas le barrachd is barrachd dhaoine le bhith cur taic ri agus a' leudachadh Fèisean teagaisg ionadail, a tha gu sònraichte do dh'òigridh.

Our culture ... our young people

Fèisean nan Gàidheal is an independent national association of tuition-based local festivals known as Fèisean (singular Fèis).

Fèisean are designed to teach young people in a fun, safe environment about Gaelic culture and language.

Aim of Fèisean nan Gàidheal

The aim of the organisation is to make Gaelic Arts, Language and Culture more accessible and more widely appreciated through the support and development of community-based tuition Fèisean, primarily for young people.

Prìomh-Oifis: Fèisean nan Gàidheal | Taigh a' Mhill | Port-Rìgh | An t-Eilean Sgitheanach | IV51 9BZ
Head Office: Fèisean nan Gàidheal | Meall House | Portree | Isle of Skye | IV51 9BZ
Fòn/Telephone **01478 613355** | **Facs**/Fax **01478 613399** | **Post-d**/E-mail **brath@feisean.org**
Companaidh earranta a tha na buidheann carthannais/Company limited by guarantee recognised as a charity | **Àireamh chlàraidh**/Registration number **SC 130071**

'S e na cinn-uidhe:

- Taic a chur ri bhith leudachadh Fhèisean fa leth, ri bhith brosnachadh dòighean-obrach math, agus ri bhith leudachadh na h-àireimh de thachartasan
- 'S e prìomh amas cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh sna Fèisean, labhairt mar sheòl-conaltraidh is meadhan-teagaisg a leudachadh, a rèir feumalachdan gach coimhearsnachd a tha na Fèisean a' frithealadh
- Obair nam Fèisean ann an roinn an fhoghlaim a leudachadh
- Pròiseactan sònraichte 's obair fo chùmhnant a lìbhrigeadh, le com-pàirtichean, 's air an toirt gu buil le Fèisean nan Gàidheal is Fèisean fa leth
- Trèanadh a leudachadh gus cur ri sgilean muinntir nam Fèisean agus gus sàradh a chur air adhart sna Fèisean
- A' cumail oirnn a bhith brosnachadh dàimh nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile is dùthchannan eile, agus aithne air na Fèisean a leudachadh le bhith gabhail barrachd chothroman a thaobh sanasachd is follaiseach

The objectives are to:

- Provide support for the development of individual Fèisean, promoting excellent working practices, and developing their range of activities
- Develop the use of the Gaelic language within the Fèis movement, developing the spoken word as a means of communication and medium for tuition, according to the needs of the community each Fèis serves, is a key objective.
- Develop the work of the Fèisean within the formal education sector
- Deliver strategic projects and contract work, with partners, carried out by Fèisean nan Gàidheal and individual Fèisean
- Develop training to enhance the skills of those involved in Fèisean and promote excellence within the Fèis movement
- Continue to foster closer links between Fèisean, other organisations and other countries, and raise the profile of the Fèis movement through enhanced PR and showcase opportunities

Ma tha sibh riaraichte aontachadh ri na cùnnraidhean a tha seo, agus ma sibh airson a dhol air adhart le ballrachd a thoirt a-mach, cuir thugainn an fhiosrachadh a leanas, le bonn-stèidh agus dearbhadh gu bheil cunntas-banca agaibh ann an ainm na Fèise.

If you are happy to agree to the conditions above, and you want to go ahead with an application for membership, please complete the details below and send it back to us, along with a copy of your Fèis constitution and confirmation of a bank account in the Fèis name.

Ainm Na Fèise – Fèis Name	FEIS AN IAR THUATH
Ainm an tagraiche – Applicant's Name	GLENDA M. CAIRNCROSS
Dreuchd - Position	SECRETARY - AM PARBH
Seòladh - Address	2, HANOA TERRACE
	SCOURIE
	SUTHERLAND
Còd Puist – Post Code	IV27 4TF
Àireamh Fòn – Telephone Number	01971 - 502420
Àireamh Fòn-làimhe – Mobile Number	
Seòladh puist-d – E-mail address	MSKookaburra1s@hotmail.co.uk
Ceann-làithean na Fèise agaibh – Your proposed Fèis Dates	t.b.c.

Tha mi a' dearbhadh gu bheil mi air na cùnnraidhean a leughadh agus gu bheil mi a' gabhail riutha. Tha mi a' tagradh airson ballrachd Fèisean nan Gàidheal às leth na feise tha shuas

I confirm that I have read the conditions and agree to abide by them. I am applying for membership of Fèisean nan Gàidheal on behalf of the abovementioned Fèis

Glenda M. Cairncross ..... **Ainm-sgrìobhte**/Signature 9th Sept 2010 **Ceann-là**/Date

Ma bhios ur tagradh soirbheachail, cuiridh sinn cunntas thugaibh airson na cìs ballrachd.

If your application is successful, we will invoice you for the membership fee.

Cuir fiosrachadh air ais gu:
Fèisean nan Gàidheal | Taigh a' Mhill | Port-Rìgh | An t-Eilean Sgitheanach | IV51 9BZ
Please return information to:
Fèisean nan Gàidheal | Meall House | Portree | Isle of Skye | IV51 9BZ

GAELIC POLICY OF FÈIS AN LAR THUATH

Per inter alia the Constitution of Fèis an Iar Thuath
Adopted on 2010.

The aims and objectives of Fèis an Iar Thuath are: -

(a) To promote interest, education and participation in the traditional music, language and culture of the Gaidhealtachd, and to produce all publicity materials bi-lingually.

(b) To plan, programme and arrange activities on its own initiative, or with other local musical, arts and educational societies and organisations, with a view to developing the use of the Gaelic language and culture and increasing the number of Gaelic speakers.

(c) To plan, programme and present an annual tuition Festival structured to highlight the musical, cultural and educational objectives of the Fèis. The Fèis will offer Gaelic activities and games sessions, and all participants will take part either in Gaelic singing, Gaelic drama or Gaelic language classes, using, where necessary, resources supplied by Fèisean nan Gaidheal. The Fèis will use Gaelic signage in their venues and will aim to increase the number of Gaelic speaking tutors/supervisors utilised in teaching and supervising at the Fèis. In addition, the Gaelic speaking tutors will continue to monitor the potential for Gaelic medium classes and make provision as necessary.

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org